AN ASGAIDH !

An Gàidheal Ùr

A' RIOCHDACHADH NA COIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG

Fon 01851 706877 Facs 01851 706467

Am Faoilleach, 2006 www.an-gaidheal-ur.co.uk Aireamh 98

Taobh a-staigh pàipear na mìos seo:



Solas air uinneagan an àrd an iar

duilleag 5



Duilleag ùr na camanachd

duilleag 7

AN AIMHREIT SAN T-SÀMHCHAIR



Tha beachdan an t-siorraidh Daibhidh Hingston, a thuirt gun robh ceist mu choinneimh dè cho iomchaidh 's a bha e casaidean a thogail an aghaidh daoine nach do phàigh cìsean, air dùsgadh as ùr a thoirt air a' chonnspaid timcheall Drochaid an Eilein Sgitheanaich

Faic duilleag 3 ➧

Tuilleadh cothroim na ceangalan Ceilteach a neartachadh

Tha rannsachadh ga chur air dòigh gus faicinn dè tuilleadh is urrainn a dhèanamh airson pròiseactan eadar Èirinn is Alba a chur air adhart.

Tha an sgrùdadh as ùr gu bhith air a choileanadh leis a' bhall-pàrlamaid Albannach, Dennis Canavan, an dèidh iarraidh air a dhèanamh leis a' chomataidh pàrlamaid a tha a' coimhead as dèidh cùisean na Roinn Eòrpa agus gnothaichean an taobh a-muigh.

Thatar gu sònraichte gu bhith ag amas air iomairtean a chur air dòigh eadar an dà dhùthaich — a' gabhail a-staigh Èirinn-a-Tuath — agus gum faigh iad sin maoineachadh bho sporan sònraichte na Roinn Eòrpa.

Thuirt Mgr Canavan: "Thar nan linntean, tha an eilthireachd a tha air a bhith dol air adhart eadar Alba is Èirinn, gach taobh, air ceangalan làidir a chruthachadh eadar dà dhùthaich a tha faisg air a chèile agus aig a bheil mòran a tha coltach.

"Mar thoradh air an sin, tha mise dhen bheachd gu bheil mòran phròiseactan co-obrachail ann a ghabhadh a chur air adhart ann an nithean mar tursan cultarail, turasachd, spòrs, foghlam is còmhdhail, le mòran bhuannachdan eaconamach is sòisealta dha Alba is Èirinn ‹ gach cuid Èirinn-a-Tuath is Poblachd na h-Èireann."

A rèir Mhgr Chanavan dh'fhaodadh gum bi cothrom aig cuid de na pròiseactan seo maoineachadh fhaighinn bhon Roinn Eòrpa oir tha na riaghailtean a cheana air atharrachadh.

Thatar a-nis gu bhith a' coimhead ri sporan sònraichte far a bheilear a' coimhead ri rudan a chur air dòigh thar chrìochan mara, a' fàgail costa an iar na h-Alba air leth freagarrach airson ceangalan a dhèanamh tron seo le Èirinn.

Tha sgrùdadh Mhgr Chanavan a thuilleadh air na h-oidhirpean a tha am pròiseact Colmcille a' dèanamh an-dràsta gus na coimhearsnachdan Ceilteach a thoirt nas dlùithe ri chèile. B' àbhaist dhaibh a bhith fon ainm Iomairt Chaluim Chille.

'S e am ball-pàrlamaid, Dennis Canavan, a bhios as cionn an sgrùdaidh

Tha Mgr Canavan a' toirt cuireadh do dhaoine aig a bheil ùidh sa ghnothach fios a chur thuige ro dheireadh na mìos ma tha beachdan sam bith aca. Bu chòir an cur tro phost-dealain gu europe@scottish.parliament.uk

TOG FEAR AN-DIUGH AN ASGAIDH

Argamaid mu càite am bu chòir an seanal ùr a stèidheachadh

Tha argamaid air nochdadh mu càite am bu chòir seanal ùr dig-iteach na Gàidhlig a bhith stèidhichte, le cuid ag iarraidh Inbhir Nis is cuid eile ag iarraidh Steòrnabhagh.

Thatar an-diugh nas dòchasaich gun tèid an t-seirbheis a chur air chois na bhathas a-riamh roimhe, le tomhas de choltas gu bheil ceist an ionmhais faisg air a rèiteachadh.

Feumar £17 millean gach bliadhna airson an t-seanal a mhaoineachadh — sin dùblachadh an airgid a tha Comataidh Craolaidh Gàidhlig a' faighinn an-dràsta. Ach, thatar an dùil gun aontaich ministearan Lunnainn an t-airgead a thoirt seachad, seach e a thighinn à Dun Èideann far a bheil na sporanan nas gainne.

Fhad 's a tha na còmhraidhean sin a' dol air adhart tha argamaid air nochdadh eadar Comhairle na Gàidhealtachd is Comhairle nan Eilean Siar mu càite a bu chòir oifisean an t-seanail a bhith stèidhichte, agus iad le chèile ag ràdh gum bu chòir an cur dhan sgìre aca fhèin.

Thuirt Hamish Friseal, neach-labhairt air cùisean Gàidhlig dha Comhairle na Gàidhealtachd, gun robh e cudromach gum biodh na pròglaman Gàidhlig a' tighinn bho sgìre a tha a' buntainn ris a' chànan. Bha e a' cumail amach gum biodh prìomh bhaile na Gàidhealtachd, Inbhir Nis, air leth freagarrach air a shon.

"Bidh argamaidean ann," thuirt e. "Ach tha sinn an dòchas gur ann air Ghàidhealtachd a bhios e. Tha e cudromach gum bi pròglaman Gàidhlig a' tighinn bhon Ghàidhealtachd."

Ach a rèir Aonghais Chaimbeul, neach-gairm Chomhairle nan Eilean Siar, chan eil ach aon àite far am bu chòir an seanal ùr a bhith stèidhichte.

"'S e na h-Eileanan an Iar cridhe na Gàidhlig agus tha sinne gu làidir dhen bheachd gur ann ann an seo a bu chòir dha a bhith," thuirt e.

Faic duilleag 3 ➧

Aonghas Caimbeul: Bu chòir an seanal a stèidheachadh sna h-eileanan

An Gàidheal Ùr

Neach-deasachaidh
Murray MacLeòid

Seòladh
Taigh à Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 706877
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk

Oifigear-sanasachd:
Marina NicLeòid
Fon: 01851 703487

An Gàidheal Ùr

Cuin 's Caite

Diciadain 11mh Faoilleach – Latha na Sàbaid 29mh Faoilleach

Glaschu – Bidh Fèis Celtic Connections a' gabhail àite eadar na làithean seo ann an Glaschu. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 0141 353 8000 no cuiribh post-dealain gu arts@grch.com.

Dihaoine 20mh

Glaschu – Thigibh gu Uisge Beatha air an oidhche seo airson 'Ceòl is Craic' na mìos seo, airson còmhradh, beagan ciùil agus gu leòr eile, bho 8.30f.

Disathairne 21mh Faoilleach

Glaschu - Bidh an còmhlan ainmeil Èireannach, Altan, a' comharrachadh 21 bliadhna còmhla le cuirm-chiùil air an oidhche seo. Bidh i a' gabhail àite ann an Talla Rìoghail Cuirm-chiùil Ghlaschu bho 8.30f. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 0141 353 8000 no aig grch@grch.com

Disathairne 21mh Faoilleach

Glaschu – Bidh Cathy Ann MacPhee ann an Ionad Phìobaireachd Ghlaschu bho 8f an oidhche seo. Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fòn gu 0141 353 8000.

Diluain 23mh

An t-Òban –Ma tha sibh ag iarraidh cothrom a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig ann an suidheachadh neo-fhoirmeil, thigibh gu an Cearcaill Còmhraidh ann an Taigh-òsta Lancaster air an oidhche seo bho 7f. Airson fileantaich agus luchd-ionnsachaidh. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Joy Dunlop air 01631 565 475 no cuiribh post-dealain thuice aig joy@ancomunn.co.uk

Diciadain 25mh Faoilleach

Glaschu – Bidh Capercaille a' cluiche ann an Talla Rìoghail Cuirm-chiùil Ghlaschu air an oidhche seo bho 7.30f. Bidh Chus Pedro, à Austria, an làthair air an oidhche seo còmhla ri Capercaille cuideachd. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun oidhche seo air 0141 353 8000.

Dihaoine 27mh

Glaschu – Bidh cèilidh agus dannsa a' gabhail àite air an oidhche seo airson muinntir Uibhist is Bharraigh ann an Talla Coimhearsnachd Rathad Whitefield, bho 9f.

Glaschu - Bidh Aly Bain agus Ale Moller (bho Austria) a' cluiche ann an Talla Rìoghail Cuirm Chiùil Ghlaschu air an oidhche seo bho 8f. Gheibhear ticeadan no fiosrachadh sam bith mun tachartas seo air 0141 353 8000 nogrch@grch.com

Disathairne 4mh Gearran

Inbhir Nis – Thèid oidhche Bunàta is Sgadain a chumail ann an Talla St Mary's air an oidhche seo. Thèid cèilidh a chumail as a dhèidh far am bi Seumas Greumach agus Kirsteen NicDhòmhnaill an làthair. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Peggy MacIntosh air 01463 231 169 no aig pegandy@tiscali.co.uk.

Diciadain 8mh

Inbhir Nis – Bidh an t-Oll. Marjory Harper a' toirt òraid seachad air an oidhche seo ann an Àrd Sgoil Millburn. 'S e cuspair na h-òraid Emigration from the Highlands and Islands. Tòisichidh an òraid aig 7.30f. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Hazel MacFarlane air 01463 718 718.

Dihaoine 10mh

Ulapul – Thèid cèilidh a chumail air an oidhche seo ann an Taigh-òsta Harbour Lights an Ulapul. Bidh Iain MacAoidh, Kenny John agus mòran eile an làthair.

Dùn Omhain – ~Tha Comataidh Mòd 2006 a' cumail dannsa Valentine air an oidhche seo anns a' Hunters Quay Holiday Village, anns an Lyle Suite, eadar 7.30f agus 1m. Bidh buffet agus dannsa ann leis a' hòmhlan cèilidh Donnie agus Diane. Cosgaidh ticeadan airson na h-oidhche seo £20. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Mary Pollock air 01369 706 073, bho bùth Mòd Dhùn Omhain, no bho Joy Dunlop aig oifis a' Chomuinn anns an Òban air 01631 565 475.

Dihaoine 10mh am Màrt

Dùn Omhain – Thèid coinneamh bhliadhnail A' Chomuinn Ghaidhealaich a chumail air an oidhche seo ann an Taigh-Òsta Argyll aig 7.30f. Bidh fàilte chridheil oirbh uile.

Seinneadair a' cosnadh tuilleadh cliù

Fhuair cliù tè de phrìomh sheinneadairean na Gàidhlig fìor thogail nuair a nochd i air prògram a' BhBC a bha a' comharrachadh na bliadhna ùire.

Bha Julie Fowlis, a bhuineas do dh'Uibhist-a-Tuath, a' seinn air an aon àrd-ùrlar ri leithid KT Tunstall agus an còmhlan "Texas".

"S e fìor urram a bha seo dhòmhsa agus chuir e crìoch air bliadhna a bha fìor mhath dhomh fhèin," thuirt i.

Ann an 2005 thug Julie a-mach a' chiad chlàr mar sheinneadair i fhèin, "mar a tha mo chridhe", agus fhuair e moladh mòr. B' i a' chiad neach-ciùil Gàidhlig a chaidh do fhèis mhòr 'folk' ann an Cambridge agus chaidh a taghadh mar aon de na seinneadairean as fheàrr ann an sin.

A thuilleadh air an seo fhuair i duais airson an t-seinneadair a b' fheàrr aig Fèis a' Phan-Cheilteach ann an 2004 agus san Dùbhlachd chaidh a comharrachadh mar seinneadair Gàidhlig na bliadhna ann an duaisean a' BhBC airson ceòl traidiseanta na h-Alba.

An ath mhìos tha i a' stiùireadh cùrsa air na Stàitean Aonaichte far am bi i air an àrd-ùrlar air beulaich mìltean de dhaoine. Bidh i cuideachd a' gabhail pàirt anns an fhèis, Celtic Connections, a tha an-dràsta a' ruith ann an Glaschu.

"'S fìor bhliadhna mhath a bha ann agus tha mi a' coimhead air adhart gu mòr ri 2006," thuirt i.

Julie Fowlis

2006 — bliadhna na Gàidhlig an Earra-Ghaidheal

le Joy Dunlop

Tha bliadhna ùr air tòiseachadh a-rithist ach cha chreid mi nach mi an aon duine a smaoinich dhaibh fhèin cho luath a thachair seo. Nach b' ann an-dè a chaidh bùthan an Òbain a sgeadachadh le dathan na Nollaig agus mi a' ruith mun cuairt a' gabhail eagal nach biodh ùine gu leòr agam airson tiodhlacan a cheannach? Ach mar a thachras gach turas, bha an Nollaig agus a' Bhliadhn' Ùr òirnne ann am priobadh na sùla agus a-rithist tha bliadhna eile a-nis seachad — bliadhna a tha mi cinnteach a dh' fhairich nas giorra na bliadhnaichean roimhe (ach an e comharradh a tha seo gu bheil mi a' fàs aost'?!)

Coltach ri daoine air feadh na dùthcha, tha mi a-nis a' meòrachadh air na bhios romham ann an 2006. An e seo a' bhliadhna a bhuannaicheas mi £20 millean air a' Chrannchar Nàiseanta? 'S math dh'fhaoidte gun tuit mi ann an gaol le prionnsa àrd, tapaidh a bheir air ais dhan lùchairt mhòr, eireachdail aige mi? No 's dòcha gun cuimhnich mi far a bheil an t-àite anns an do chuir mi mo cheaddràibhidh! Co aig a fios na dh'fhaodadh tachairt.

Thug seo orm a bhith a' smaoineachadh air na tha romhainn ann an Earra Ghaidheal ann an 2006, gu sònraichte a thaobh na Gàidhlig. Tha e follaiseach gu bheil staid na Gàidhlig air atharrachadh thar nam bliadhnaichean san àite seo. B' e sgìre a bh'ann bho riamh le ceanglaichean dlùth agus làidir dha cànan agus cultar na Gàidhlig ach mar a thachair ann an iomadh àite eile, dh'fhàs i na bu laige, le glè bheag de dhaoine ga cleachdadh gu làitheil. Dh'èirich am beachd gun robh i seannfhasanta, fiù 's gun robh i na cànan nach robh freagarrach dhan latha an-diugh. Tha cuimhne agam fhìn nuair a bha mi san àrdsgoil gun robh clannsgoile a' magadh air a' Ghàidhlig agus gun robh ìomhaigh dhòrainneach aice.

Ged a bha i na cuspair sgoile a bha a cheart cho cudromach ri cuspairean eile, cha robh spèis aig daoine dhith mar a bh'aca do chànanan Eòrpach eile. Gu fìrinneach, fhuair mi trod uabhasach bho thidsear cànain air beulaibh a h-uile duine sa bhliadhna agam air sgàth 's gun do dh'ionnsaich mi Gàidhlig an àite Fraingis. Chaidh innse dhomh gur e cànan gòrach gun fheum a bh' innte agus nach b' e dìreach gun robh mi a' caitheamh m'ùine le bhith ga h-ionnsachadh ach gun robh mi cuideachd a' milleadh mo bheatha le bhith an sàs ann an cànan a bhiodh à bith ann an beagan bhliadhnaichean.

Uill mar a chì sibh, cha do dh'èist mi ri facal sam bith a thuirt e agus gu fortanach, bha an droch fhàisneachd aige gu tur ceàrr. An àite bàs na Gàidhlig a bhith ann an Earra Ghaidheal, thòisich ath-bheothachadh agus leasachaidhean ùra ri nochdadh air feadh na sgìre. Mean air mhean, tha cùisean agus beachd nan daoine air atharrachadh agus fiù 's san ùine bhig bhon a ghluais mi fhìn air ais, tha mi air adhartas mòr fhaicinn agus an àireamh de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a' dol am meud.

Tha barrachd chothroman ionnsachaidh rim faotainn na bh' ann riamh aig gach ìre — cròileagan agus sgoil-àraich airson pàistean fo aois sgoile, foghlam tro mheadhan na Gàidhlig do chloinn agus deugairean agus clasaichean Gàidhlig do dh'inbhich aig a bheil ùidh sa chànan. Tha sgoiltean nach robh riamh a' teagaisg na Gàidhlig a-nis a' feuchainn ri faclan ionnsachadh agus eòlas mun chultar Ghàidhlig a thoirt dha na sgoilearan aca. Gabhaidh tachartasan Gàidhlig àite gu bitheanta sna coimhearsnachdan le cèilidhean, fèisean agus oidhcheannan fiosrachaidh rin lorg gu minig.

'S iomadach Mòd ionadail a thèid a fhrithealadh agus a-rithist san Dàmhair ambliadhna, bidh Mòd Nàiseanta Rìoghail againn ann an Earra Ghaidheal.

An àite casg a chur air a' Ghàidhlig, chaidh a brosnachadh agus tha i a' fàs nas treasa am measg nan coimhearsnachdan a-rithist. Tha tòrr bhuidhnean ionadail a-nis ag obair gu dìcheallach, a' feuchainn ri iomairtean a neartachadh agus cothroman ùra a chruthachadh. Chithear am fianais sna meadhanan ionadail le sgeulachdan, dealbhan agus pìosan Gàidhlig a' nochdadh gu cunbhalach sna pàipearan naidheachd agus chluinnear an adhartas leis na prògraman Gàidhlig a thèid an craoladh beò air an rèidio cuideachd.

'S mar sin, leis an obair mhòr seo a tha a' tachairt timcheall òirnne carson nach bi Bliadhna Ùr Ghàidhlig againn, bliadhna anns am faic sinn ath-bheothachadh agus spionnadh ùr aig muinntir an àite? Nach fheuch sinn a bhith cho dòchasach 's a ghabhas agus dùbhlan ùr a chur romhainn. Mas e Bliadhna Chulturach na Gàidhealtachd a bhios ann an 2007 carson nach e Bliadhna na Gàidhlig a bhios ann an 2006 ann an Earra Ghaidheal?

Colmcille — an ceangal Gàidhlig aig Fèis Celtic Connections

Bidh an còmhlan Èireannach, Altan, a' cluiche aig an fhèis

'S ann an làithean dorcha an Fhaoilltich a bhios na dùthchannan Ceilteach a' toirt an aire do Ghlaschu 's "Celtic Connections" ga chumail ann, an fhèis as motha de cheòl Ceilteach san t-saoghal.

Tha an tachartas a' comharrachadh 13 bliadhna bho thòisich i agus am-bliadhna tha iad gu bhith 'g obair còmhla ri Colmcille — a b' àbhaist a bhith fon ainm Iomairt Cholm Cille — gus ceangal a dhèanamh eadar luchd-labhairt na Gàidhlig is na Gaeilge ann an Èirinn is Alba, agus gus an luchd-ciùil Gàidhlig as fheàrr a thoirt a Ghlaschu chun na fèise.

Tha Colmcille ag amas air coimhearsnachd bheòthail, cho-obrachail Ghàidhlig a chruthachadh eadar Alba is Èirinn agus cuiridh luchd-ciùil mar "Altan" 's am bàrd Gearòid Mac Lochlainn gu mòr ris an amas seo.

Chaidh Colmcille, no Iomairt Cholm Cille mar a b' fheàrr a dh'aithnichear e, a stèidheachadh ann an 1998 mar iomairt eadardhùthchail gus ceangal a dhèanamh eadar Gàidheil na h-Alba is na h-Èireann.

Tha àrd-oifigear ùr aig a' bhuidhinn, Deirdre Nic an tsionnaigh, agus tha prìomh oifis ùr ann a tha suidhichte ann am Bèal Feirste.

'S ann à Èirinn-a-Tuath a tha Deirdre agus b' àbhaist dhith a bhith ag obair dha bòrd turasachd na dùthcha far an robh i na stiùiriche air iomairt gus daoine a thàladh air saor-làithean gu taighean-còmhnaidh dùthchail. Tha i fileanta ann an Gaelige agus Fraingis.

"Le bhith cur air dòigh thachartasan agus a' toirt taic do luchd-ciùil is riochdairean Gàidhlig, mar 'Altan', aig Fèis Celtic Connections tha sinn a' toirt cothrom math do Ghàidheil às Alba is Èirinn a bhith 'g obair còmhla is coinneachadh, agus thathar an dòchas gun tog sinn ùidh anns na tha sinn a' dèanamh am measg dhaoine eile," thuirt Deirdre.

Bhon a thòisich e, tha Colmcille air a bhith brosnachadh beòthalachd is misneachd ann an cultar na Gàidhlig ann an Èirinn a Tuath, Poblachd na h-Èireann agus Alba le grunn phròiseactan is iomairtean.

Tha fèis Celtic Connections cho soirbheachail 's cho cudromach air sgàth 's gu bheil a leithid de Ghàidheil às Alba is Èirinn — gu sònraichte Dùn nan Gall — a' tighinn thuice.

Sheall rannsachadh a rinn Oilthigh Caledonian Ghlaschu ann an 2001 gu bheil taobh Gàidhlig no Gaeilge o chionn ghoirid ann an eachdraidh an teaghlaich aig an dàrna cuid de mhuinntir Ghlaschu.

An àrd-oifigear ùr Deirdre Nic an tsionnaigh

Iomairtean Gàidhlig ann an Àrd Ruigh

Tha oidhirpean a' dol air adhart gus barrachd Gàidhlig a stèidheachadh ann an Àrd Ruigh.

Tòisichidh cròileagan agus seirbheis do phàrantan is pàistean an ath mhìos agus tha còmhraidhean a' dol air adhart gus buidheann Shradagan, do dheugairean le Gàidhlig, a chur air chois cuideachd.

A thuilleadh air an seo bidh clasaichean ann dha inbhich agus tha Comhairle Siorrachd Langais a' tabhann cùrsa saor 's an-asgaidh airson sia seachdainean.

Agus gheibh luchd-ionnsachaidh agus fileantaich air a thighinn còmhla ann an suidheachadh neo-fhoirmeil tro "Cupa is Craic".

Ma tha sibh a' lorg tuilleadh fiosrachaidh no ma tha ùidh agaibh anns na h-iomairtean cuiribh fios gu Janette Nic a' Ghobhainn air 0141 304 1883, no post-dealain smithjane@northlan.gov.uk

Dragh mu choinneimh cùisean lagha na drochaid

Siorraidh ag ràdh gun robh e gun chiall nach fhaca e na pàipearan

Tha an siorraidh a bha os cionn cronachadh nan daoine nach do phàigh cìsean air drochaid an Eilein Sgitheanaich air ceist a thogail mu cho cothromach 's a bha na cùisean lagha sin.

Thuirt Daibhidh Hingston, a bha ag obair ann an Cùirt an t-Siorraidh ann an Inbhir Pheofharain, nach robh e idir ceart mar a chaidh dèiligeadh le na cùisean — ach nach robh roghainn sam bith aige ach a dhol air adhart agus na casaidean a chur. Chaidh 130 a chronachadh gu lèir.

Tha draghan Mhgr Hingston a' crochadh air na pàipearan laghail a bha a' dearbhadh gun deach na ceadan oifigeil a thoirt seachad airson na cìsean a thogail. Bha an luchd-strì a-riamh a' cumail a-mach nach robh iad idir cothromach.

A rèir Mhgr Hingston chan fhaca esan fiù 's na pàipearan a bha seo, leis an t-Seann Oifis na h-Alba ag ràdh nach b'urrainn dhaibh an sealltainn dha airson adhbhranan coimearsalta. B' fheudar dha gabhail ri na geallaidhean a thug iad dha gun robh na pàipearan iomchaidh gu leòr.

"Feumaidh sinn gabhail ris nach robh iad a' falach càil, agus chan eil càil a' toirt orm smaoineachadh gun robh," thuirt e. "Ach, rinn e gu math duilich a ràdh le cinnt dè a bha càite.

"Dh'fheumainn a ràdh gun d' fhuair mi air a' cho-dhùnadh a chumail dìomhair airson adhbharan coimearsalta gun chiall. Nach eil fhios againn dè a tha 'jet Stealth' a' cosg. Tha fios againn dè a tha boma niuclasach a' cosg. Gu dè bho thalamh a tha cho dìomhaire gu coimearsalta mu dheidhinn drochaid as dèidh dhith a bhith air a togail?"

Tha beachdan Mhgr Hingston air leth inntinneach agus e a' toirt neartachadh dhan argamaid nach tug an Riaghaltas aig an àm an cead ceart seachad airson na cìsean a chruinneachadh. Tha e cuideachd a' fosgladh a' chothroim dha na casaidean a bhith air an toirt air falbh bhon luchd-strì.

A rèir Mhgr Hingston tha e duilich dha-san, leis an duilgheadas a bha ann mu choinneimh nam pàipearan oifigeil, a bhith cinnteach gun deach ceartas a dhèanamh.

"Tha e nas duilghe dhomh-sa a bhith earbsach gun deach a dhèanamh, oir seach nach robh fhios dè a bha ann, cha b' urrainn dhomh coimhead airson dèanamh cinnteach," thuirt e. "Dh'fheumainn dìreach a ghabhail le urram gun robh iad ann."

Thuirt Robbie The Pict, a tha air a bhith strì an aghaidh nan cìsean bho thùs, gum bu chòir na cùirtean gabhail ris nach robh e idir ceart casaidean a chur an aghaidh nan daoine a diùlt na cìsean a phàigheadh.

"Tha am fear air an robh uallach na casaidean a chur ag ràdh nach fhaca esan na pàipearan gu lèir," thuirt e. "Mura eil sin a' togail theagamhan reusanta chan eil sinn a-nis fo stiùir an lagha. Tha Mgr Hingston ceart. Tha e gun chiall."

Ach, thuirt neach-labhairt bho Oifis a' Chrùin: "Chaidh ceistean a thogail mu òrdugh nan cìsean agus riaghladh nan cìsean sna cùirtean iomadach uair. Gach uair cha deach leotha."

Briathrachas ùr dol a chuideachadh tidsearan is luchd-sgrìobhaidh

Chaidh briathrachas ùr de litreachadh is gràmar na Gàidhlig fhoillseachadh le Ùghdarras Teisteanasan na h-Alba.

Tha dùil gum bi na riaghltean ùra gu sònraichte feumail dha tidsearan agus dhaibh-san a tha ag obair ann an roinn an foghlaim.

Chaidh "GOC" fhoillseachadh an toiseach ann an 1981 gus litreachadh na Gàidhlig a dhèanamh na b' fhasa agus gus aon dòigh oifigeil a chruthachadh airson mar thathas ga sgrìobhadh.

Tha an leth-bhreac ùr ri fhaotainn bhon ùghdarras ann an riochd electronaigeach no mar leabhar beag pòcaid, a bhios goireasach dha duine sam bith a tha an sàs ann an sgrìobhadh a' chànain.

Tha e a' toirt seachad comhairle mu grunn rudan, mar litreachadh, cuideam air cuid a dh'fhacail, gnìomhairean, àireamhan, mìosan is sloinnidhean.

Chaidh am pròiseact a stiùireadh leis an ùghdarras le taic airgid bho Bhòrd na Gàidhlig. 'S iad Dòmhnall Iain Macìomhair bho Chomhairle nan Eilean Siar, Anna NicSuain bho Cholaiste a' Chaisteil, Boyd Robasdan bho Oilthigh Srath Chluaidh agus Iain Dòmhnallach bho Chomhairle nan Leabhraichean na h-eòlaichean Gàidhlig a bha air an sgioba rannsachaidh.

Thuirt Anton Colella àrd-oifigear an ùghdarrais: "Tha sinn fior thoilichte gun urrainn dhuinn an leth-bhreac ùr seo fhoillseachadh. Tha an seann leth-bhreac air seirbheis mhath a thoirt dhuinn, ach tha an cànan air sgaoileadh air feadh diofar àrean ann an Alba, mar sin dheth tha an t-ath-nuadhachadh a' tighinn aig àm freagarrach."

Thuirt Mata Macìomhair, a chaidh ainmeachadh mar chathraiche ùr Bòrd na Gàidhlig: "Tha an ùghdarras a-riamh air a bhith cudomach anns an roinn seo de bheatha na Gàidhlig. Tha mi gam moladh ann a bhith a' clobhualadh GOC ùr agus le bhith dèanamh sin tha mi ag aithneachadh na chaidh de dh'obair a dhèanamh le sgioba na pròiseict.

"Tha GOC cuideachd a' dearbhadh gur e cànan beò a tha anns a' Ghàidhlig a tha a' leasachadh a cuid cleachdaidhean fad na h-ùine."

Àrd-oifgear an ùghdarrais, Anton Collela, còmhla ri Mata Macìomhair

Am Mòd gu bhith na phàirt de "Celtic Connections"

Airson a' chiad uair a-riamh bidh am Mòd Nàiseanta Rìoghail air a riochdachadh aig fèis "Celtic Connections" ann an Glaschu.

Bidh prìomh fhèis na Gàidhlig a' gabhail pàirt ann an "Taisbeanadh Alba" a bhios ri fhaicinn ann an Talla-Cluich Rìoghail Ghlaschu bhon 19mh. Tha dùil ri mu 200 duine bho air feadh an t-saoghail.

Thèid innse dhaibh co mu dheidhinn a tha am Mòd agus gheibh iad cuideachd an cothrom cuid de na seinneadairean is luchd-ciùil a bhuannaich duaisean a chluinntinn.

Nam measg bidh Fiona NicChoinnich, a fhuair am bonn òir an-uiridh, agus buill den chòmhlan "Fionnar".

Thuirt oifigear leasachaidh a' Mhòid, Murchadh Moireasdan: "Tha mi dhen bheachd gum bu chòir dhan Mhòd an cothrom a ghabhail air tachartasan mar Taisbeanadh Alba gus a bhrosnachadh mar prìomh fhèis chultarail na Gàidhlig.

"Tha an Taisbeanadh a' tarraing dhaoine bho air feadh Bhreatainn is thall thairis agus tha sinn gu mòr a' coimhead air adhart ri bhith ann."

Fiona NicChoinnich a bhios a' seinn aig an tachartas. Chithear i an seo a' faighinn duais bho Lawrie Sinclair, stiùiriche CalMac, aon de prìomh luchd-taic a' Mhòid

MacÌomhair air ainmeachadh mar chathraiche ùr a' bhùird

Chaidh Mata MacÌomhair ainmeachadh mar chathraiche ùr Bòrd na Gàidhlig. Gabhaidh e a-nall an dreuchd an ath mhìos nu-air a thòisicheas Achd na Gàidhlig.

Tha Mgr MacÌomhair, a bhuineas do Leòdhas agus a b' àbhaist a bhith na cheannard air Comataidh Craolaidh Gàidhlig — a tha a-nis fon ainm Seirbheis nam Meadhanan Ghàidhlig — agus an-dràsta tha e na fhear-clàraidh 's na cheannard air Comhairle Choitcheann Theagasg na h-Alba, a tha a' coimhead as dèidh luchd-teagaisg na dùthcha.

Leanaidh an dreuchd ceithir bliadhna agus e a' gabhail a-nall bho Dhonnchadh Fearghastan, a tha na cheannard air Àrd-sgoil a' Phluic.

Thuirt ministear na Gàidhlig ann an Riaghaltas na h-Alba, Peadar Peacock: "'S e clach-mhìle eile tha seo dhan Ghàidhlig. Leis an uallach shònraichte a bhios air Bòrd na Gàidhlig ann a bhith a' cur Achd na Gàidhlig an gnìomh, bha e deatamach an neach ceart a bhith air an stiùir.

"Le Mata MacÌomhair a thaghadh tha sinn air fior dhuine dealasach dìoghrasach a lorg a nì strì gun lagachadh, tha mi cinnteach, gus an soirbhich le Gàidhlig san àm ri teachd.

"Bidh luach mhòr anns an eòlas agus a' chreideas farsaing a th' aig Mata ann an coimhearsnachd na Gàidhlig agus tha fiughair agam a bhith ag obair còmhla ris a' cur na h-Achd an gnìomh."

Thuirt Mgr MacÌomhair: "Tha mi air leth toilichte gabhail ri cuireadh bhon mhinistear a bhith nam chathraiche air Bòrd na Gàidhlig. 'S e àm inntinneach a tha seo dhuinn uile ann an saoghal na Gàidhlig, ach tha atharrachaidhean mòra an dàn dhuinn cuideachd.

"Tha e nis an urra ris a' choimhearsnachd brath a ghabhail air na cumhachdan a tha an cois Achd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun till neart is sgairt chun na Gàidhlig a-rithist.

"Tha e cuideachd deatamach gun tèid misneachd a thogail am measg nan Gàidheal a thaobh na tha romhpa, agus gum faic iad an cànan aig cridhe an adhartais sin. Feumaidh Bòrd na Gàidhlig cuideachadh le bhith brosnachadh na misneachd sin, agus stiùir a thoirt dhan choimhearsnachd gus an cothrom as fheàrr a ghabhail air na sgilean agus na buannachdan a th' aca, chan ann a-mhàin dha na Gàidheil ach do leasachadh cultarail Alba gu lèir.

"Tha fiughair agam obrachadh le buill is oifigearan a' Bhùird, agus leis a' choimhearsnachd, gus brath a ghabhail air a' chothrom seo."

Argumaid mu càite am bu chòir an seanal ùr a stèidheachadh

duilleag 1

"Tha an t-uabhas bho na h-eileanan ag obair ann an saoghal an telebhisein agus bu chòir dhuinn an cothrom a thoirt dhaibh a thighinn air ais dhachaigh agus obair anns a' ghnìomhachas.

"Cuideachd, bhiodh cothrom ann ceanagal a dhèanamh le Colaiste a' Chaisteil airson daoine a thrèanadh. Nar beachd-ne tha e fior chiallach a thoirt dha na h-eileanan, oir 's ann an seo a tha na coimhearsnachdan Gàidhlig."

Dh'innis Mgr Caimbeul gun robh barrachd is barrachd gnothaichean a thaobh a' chànain a' dol a dh'Inbhir Nis, le grunn de na buidhnean stèidhichte ann an sin, Bòrd na Gàidhlig nam measg.

"Tha Inbhir Nis air a bhith ag obair cruaidh a thaobh na Gàidhlig a cheana agus feumaidh sinne sinn fhèin barrachd a dhèanamh agus ar n-argamaidean a chur air adhart," thuirt e.

Tha cuideachd beachd ann gum bu chòir an seanal a bhith stèidhichte ann an Glaschu, oir 's ann an sin tha gnìomhachas nam meadhanan stèidhichte, am BBC — a thatar an dòchas a bhios na phàirt mhòr den iomairt— nam measg.

Faic beachd duilleag 9

Oisean na Pàrlamaid

RINN a' chompanaidh "Sir Robert McAlpine Construction Management" agus Pàrlamaid na h-Alba rèite air cùis-lagha a thog a' chompanaidh an aghaidh buidheann chorporra na pàrlamaid.

Chaidh a' chùis a thogail leis gun robh a' chompanaidh mì-thoilichte le mar a làimhsich a' bhuidheann cuid de na nithean mu choinneimh a bhith toirt a' chùmhnant airson togail na pàrlamaid dha companaidh eile.

Bha aig a' bhuidheann ris a' chuis a làimhseachadh mar thoradh air gur iad a ghabh an obair a-nall bho seann Oifis na h-Alba.

Fhuaireas air an gnothaich a rèiteachadh an dèidh coinneamhan eadar oifigear riaghlaidh na pàrlamaid, Seòras Reid, agus stiùiriche na companaidh, Daibhidh Boyle.

"B' e tighinn gu còrdadh mun chùis chum leas a' phobaill nuair a smaoinichear air na cosgaisean a dh'fhaodadh a bhith ann, a bh' againn ri dhèanamh " thuirt Mgr Reid. "Mar sin tha mi air leth toiliche gun deach againn air a' chòrdadh seo le McAilpein a ruighinn."

THA dealbhan de Raibeart Burns agus Maighstir Bhaltar Scott am measg còig obraichean ealain a tha air iasad aig a' phàrlamaid.

Chaidh an cruthachadh leis an fhear-ealain Albannach Calum Colvin agus tha iad rim faighinn ann an riochd digiteach is air canabhas.

Tha a' phàrlamaid ag amas air obair ealain co-cheangailte ri cultar na dùthcha a thaisbeanadh.

An Gàidheal Òg

EOLAS AIR NARNIA

Tha seo rudeigin coltach ris a' gheama air telebhisean far am bi daoine a' feuchainn ri moran airgead a bhuannach le bhith freagairt cheistean. Tha eagal orm nach eil ach airgead ma's fhior an cois seo. Faodaidh tu comharraidhean a thoirt dhut fhèin aig an aon luach , ge-ta.

Feuch dè mar a gheibh thu air adhart. Faodaidh tu cuideachadh fhaighinn mar a leanas;

- Faighnich do charaid
- Faighnich don teaghlach/chlas.
- Sùil air na leabhraichean.
- Sùil air faclair

Chan fhaod thu gach fear a chleachdadh ach aon turas.

Ma dh'fhailnicheas ort buileach, tha na freagairtean aig bonn na duilleig.

Feuch gun sgriobh thu sios facial ùra sam bith a dh'ionnsaicheas tu, agus cleachd iad a' chiad chothrom a gheibh thu.

1 Airson 100
Dè an seorsa beathach a th'ann an Aslan?

A	cat fiadhaich
B	leomhann
C	lynx
D	tìgear

2 Airson 200
Dè an dath a bh'air a' bhana-bhuidseach?

A	glas
B	dubh
C	geal
D	gorm

3 Airson 300
Dè an ràithe a bh'ann an Narnia fo riaghladh na ban-bhuidsich?

A	an geamhradh
B	an t-earrach
C	an samhradh
D	am foghar

4 Airson 500
Ciamar a fhuair a' chlann gu lèir a-steach a Narnia a' chiad turas?

A	Air trèana
B	Ann am bruadar
C	Tro phreas aodaich
D	Le slat draoidheachd

5 Airson 1000
Dè a' bh'anns an Dawn Treader?

A	pàipear-naidheachd
B	speur-shoitheach
C	bàta
D	baidhseagail le sgiathan

6 Airson 2000
Dè an seòrsa àite a bh'ann an Cair Paravel?

A	eilean
B	fàsach
C	uamh
D	caisteal

7Airson 4000
Dè an seòrsa beathach a bh'ann an Reepicheep?

A	druid dhubh
B	currucag
C	luch
D	radan

8 Airson 8000
Dè an tiotal a fhuair Peadar?

A	àrd-rìgh
B	àrd-dhiùc
C	àrd-iarla
D	àrd-phrionnsa

9 Airson 16000
Dè tha annasach mu chuid de bheathaichean Narnia?

A	Tha iad math air seinn
B	'S urrainn dhaibh bruidhinn
C	Bidh aodach orra
D	Cha bhi iad a' sabaid

10 Airson 32000
Dè nach eil uair sam bidh ann an Narnia fo riaghladh na bana-bhuidsich?

A	Càisg
B	Bliadhna Ur
C	Là na Sàbaid
D	Nollaig

11 Airson 64000
Dè a bh'ann an Trumpkin?

A	famhaire
B	troiche
C	ùmaidh
D	blaoghdaire

12 Airson 125000
Càit an do rugadh CS Lewis?

A	A' Chuimrigh
B	Astàilia
C	Eirinn a Deas
D	Eirinn a Tuath

13 Airson 250000
Càit an robh Puddleglum a' fuireach?

A	taigh am meadhan loch
B	ann am boglach
C	ann an coille
D	air a' chladach

14 Airson 500,000
Càit an deach Aslan a chur gu bàs?

A	ann am meadhan gàrraidh
B	air mullach caisteal
C	air bòrd cloiche
D	ann an seathair umha

15 Airson 1,000,000
Cò air a tha sgeulachdan narnia mar shamhla?

A	Cogaidhean
B	Saoghal a chaidh a bith
C	Lorg planaidean ùra.
D	An creideamh Criosdail

FREAGAIRTEAN 1b,2c,3a,4c,5c,6d,7c,8a,9b,10d,11b,12d,13b,14c,15d

Deasaichte le Roinn an Fhoghlaim, Comhairle nan Eilean Siar

Pròiseact chudthromach ùr a' sireadh sealladh lèirsinneach nan Gàidheal

Tha pròiseact chudromach ùr dol a thoirt sùil air Gàidhlig 's cultar na Gàidhlig agus mar a tha iad air a bhith toirt buaidh air na h-ealain lèirsinneach thar nan linntean, agus air saoghal lèirsinneach nan Gàidheal.

'S iad Sabhal Mòr Ostaig is Oilthigh Dhùn Dè a tha gu bhith ruith na pròiseict rannsachaidh a tha dol a chosg £550,000 agus a mhaireas còig bliadhna.

Tha "Uinneag dhan Àird an Iar" — tiotal a thàinig bhon dàn iomraiteach aig Somhairle MacGill-Eain, Hallaig — gu bhith beachdachadh air an dàimh eadar na h-ealain lèirsinneach agus cultar is cànan nan Gàidheal.

Thàinig am pròiseact gu bith air sgàth aon dhe na tabhartasan as motha a chaidh a bhuileachadh riamh do na h-ealain lèirsinneach le Comhairle Rannsachaidh nan Ealain 's nan Cuspairean-Cànanach, agus tha am pròiseact ag amas air co-labhairt dheireannach aig ceann nan còig bliadhna a sheallas toradh nan co-chonaltraidhean, taisbeanaidhean agus pàipearan-rannsachaidh a gheibhear san eadar-ama.

Bidh taisbeanadh obair-ealain ann cuideachd, agus thèid an obair rannsachaidh fhoillseachadh, cuid dhith ann an cruth leabhair. Thathar fhathast ri neach-rannsachaidh for-cheumnach fhastadh a cheanglas an sgiobarannsachaidh ri chèile.

Thuirt stiùiriche an t-Sabhail Mhòir Tormod MacGilliosa: "Tha mi air leth toilichte gun d' fhuair sinn taic airson na pròiseict seo agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith togail air an dàimh a th' ann mu thràth eadar sinn fhìn 's muinntir Oilthigh Dhùn Dè.

"Tha an tabhartas seo a' tighinn aig àm glè fhreagarrach 's sinne am beachd ionad nan ealain lèirsinneach a stèidheachadh san togalach ùr againn airson nan gnìomhachasan cultarach as cruthachail ‹ Fàs.

"Thèid an togalach fhosgladh ann an 2007 nuair a bhios Alba a' comharrachadh Bliadhna Chultarach na Gàidhealtachd."

B' iad Murchadh Dòmhnallach, an t-àrd-olllamh airson eachraidh ealain na h-Alba aig Oilthigh Dhùn Dè, agus an t-àrd-ollamh MacGilliosa na prìomh thagraichean airson an tabhartais rannsachaidh.

Thuirt an t-àrd-ollamh Dòmhnallach: "'S e cothrom mìorbhaileach a th' ann an seo smaoineachadh às ùr air ìomhaigheachd na Gàidhealtachd. Tha làn chòir againn gnàth-ìomhaighean Landseer a chur chun dàrna taobh."

Thàinig am pròiseact às an dlùth dhàimh obrach a tha air a bhith ann sna bliadhnaichean a dh'fhalbh eadar Sabhal Mòr Ostaig is an Ollamh Uilleam MacIllEathain bhon Visual Research Centre aig Oilthigh Dhùn Dè. Tha an t-Ollamh MacIllEathain aithnichte mar neach-ealain aig a bheil ùidh ann an cultar na Gàidhlig.

Am measg nam prìomh rannsachairean aig a' phròiseact tha: an t-Ollamh Meg Bateman, aon dhe na prìomh òraidichean aig Sabhal Mòr Ostaig; an t-ard-ollamh Tormod Seathach, neach-ealain is òraidiche aig Sgoil nan Ealain Fhìnealta ann an Oilthigh Dhùn Dè agus an t-Ollamh Iain Purser, eòlaiche-ciùil 's sgrìobhaiche ciùil.

Thuirt an t-Ollamh Purser: "Cha deach dèiligeadh ceart riamh ri saoghal lèirsinneach na Gàidhlig, chan ann bho thaobh na h-eachdraidh ‹ leantainneachd no cion leantainneachd. Cha deach rannsachadh ceart a dhèanamh, air a h-uile raon."

Tha obair-rannsachaidh air tòiseachadh mu thràth agus tha e fa-near dhan Ollamh Bateman coimhead air an t-saoghal lèirsinneach ann an litreachas na Gàidhlig an toiseach.

Thuirt i: "'S i a' cheist a tha daonnan agam aig cùl m' inntinn: Ciamar a bhiodh na Gàidheil a' coimhead air diofar rudan? Chan e dìreach ciamar a bha iad gam faicinn. A thaobh cruth na tìre mar eisimpleir, 's dòcha gun toir mi sùil air tìr nan uirsgeul ‹ ciamar a bhathar a' coimhead air mar àite far am faigheadh tu Fionn 's na laoich eile? Bu thoigh leam cuideachd sùil a thoirt air mar a bhathar a' coimhead air an tìr mar bhodhaig."

Tha "Uinneag dhan Àird an Iar", a bhios stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig, an dòchas sealladh coileanta a thoirt air lèirsinn nan Gàidheal

Prìomh Sgeulachdan na Mìos

Feumaidh èolaichean cànain an teachdairean ceart fhaighinn

Tha gearanan air nochdadh nach eil comataidh de dh'eòlaichean, a tha dol a dhèanamh sgrùdadh air suidheachadh na Gàidhlig, dol a dhol nas fhaide tuath na Dùn Èideann.

Aig deireadh na mìos, thig buidheann de dh'eòlaichean cànain bhon Roinn Eòrpa a dh'Alba gus faicinn a bheil Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas Bhreatainn air coinneachadh ri na feumalachdan aca fo Chlàr na Roinn Eòrpa air Mion-chànanan is Cànanan Roinneil.

Sa Mhàirt 2004 cho-dhùin a' chomataidh nach robh gach Riaghaltas idir air na dleastanasan aca fon chlàr a choileanadh ann an grunn nithean, mar seanal ùr digiteach a chur an sàs dhan Ghàidhlig agus gu lèor thidsearan a thàladh.

Tha cuairt na mìos seo a' leantainn bhon sgrùdadh sin agus na h-eòlaichean airson faicinn an tàinig piseach a thaobh nan duilgheadasan a mhìnich iad.

Bidh iad ann an Dùn Èideann Diluain 30mh nuair a tha dùil gun coinnich iad ri grunn dhaoine agus às an sin thèid iad sìos a Lunnainn gus dleastanasan Riaghaltas Bhreatainn a sgrùdadh.

Ach, chaidh gearanan a thogail nach eil a' chomataidh a' tighinn suas dhan Ghàidhealtachd 's dha na h-Eileanan.

Thuirt fear-labhairt cùisean na Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd, Hamish Friseal, gun d' fhuair iad cuireadh a thighinn a choinneachadh na comataidh, agus cha robh e idir toilichte leis an seo.

Thuirt e gun robh e fior riatanach an t-suidheachadh a sheachnadh far an robh an Riaghaltas faighinn a' chothroim innse dhaibh cho math 's a tha cùisean air a bhith gun beachdan eile a thighinn am follais.

"Chaidh ceumannan math air adhart a ghabhail, mar Achd na Gàidhlig, ach tha sinn fhathast gun faicinn dè na còirichean a bheir sin dha luchd-labhairt na Gàidhlig,"dh'innis e.

"Tha sinn toilichte gu leòr a ràdh na rudan a tha math, ach chan eil fhathast seanal telebhisein Gàidhlig againn agus tha e coimhead coltach gu bheil argamaid mu dheidhinn a mhaoineachaidh.

"Tha sinn daonnan a' cur an cuimhne an Riaghaltais an fheum a th' againn air tidsearan agus ged a chaidh grunn de dh'iomairtean ainmeachadh bho chionn ghoirid tha e duilich fhaicinn de th' annta a tha eadar-dhealaichte bho na tha tidsearan eile a' faighinn."

A rèir àrd-oifigear Chomunn na Gàidhlig, Dòmhnall Màrtainn, b' e gearan a bha seo anns an robh brìgh, oir an turas mu dheireadh a bha a' chomataidh ann an Alba shiubhail iad air feadh na dùthcha, gu àitichean mar Steòrnabhagh.

"Bhiodh e an b' fheàrr nam faigheadh iad air a dhol a ghrunn àiteachan agus am measg choimhearsnachdan gus beachd fhaighinn air dè mar a tha iadsan a' faicinn na cùise," thuirt e. "Ach, air an làimh eile tha an ùine aca ann an Alba gann agus feumaidh iad sùil a thoirt air rudan eile, mar a' Chuimrigh mar eisimpleir."

Càineadh air na pàircean nàiseanta mara

Nochd grunn dhraghan mu dheidhinn plana Dualchas Nàdair na h-Alba gus pàirc nàiseanta mara a stèidheachadh an àiteigin timcheall costa na dùthcha.

Dh'fhoillsich iad liosta dhe na h-àitichean a bu fhreagarraiche, le grunn sgìrean air a' chosta an iar air an comharrachadh mar na h-àitichean as fheàrr air a son.

Ach, tha iomagain mhòr air nochdadh mu choinneimh na h-iomairt agus mar-thà tha Comhairle nan Eilean Siar air a ràdh nach toir iadsan taic dha air chor sam bith, mas e agus gum feuch a' bhuidheann ris a' phàirc nàiseanta a stèidheachadh san sgìre ac'.

Bidh na pàircean nàiseanta ag amas air prìomhachas a thoirt do ghlèidhteachas agus cothroman a bhrosnachadh ann an turasachd agus curseachadan. Tha tè an-dràsta air beanntan a' Chùirn Ghuirm.

Am measg nan àitichean a chaidh a chomharrachadh mar sgìrean freagarrach tha Earra-Ghaidheal is na h-eileanan, a' mhuir timcheall Loch Abair is an t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan Siar.

A rèir Iain Hermse, a tha na rùnaire air Comann Iasgairean Mhalaig agus an Iar-thuath, leanadh e gu daoine a bhith a' call an cosnaidh.

Thuirt e gum bu chòir an aire a thoirt bho dhaoine aig nach eil ach aon amas agus a bhios a' dol an sàs ann an rudan a bheir cron gu na daoine a tha a' fuireach san àite agus feuchainn ri bith-beò a dhèanamh ann.

"Mar chomann chan eil sinne a' faicinn feum sam bith ann am pàirc nàiseanta mara," dh'innis e. "Ruigidh a crìoch gu sia mìle a-muigh agus chan eil i a' toirt càil a bharrachd luach do dh'iasgairean, na do dhaoine eile a tha a' dèanamh am bith-beò bho uisgeachan a' chosta.

"Bidh e cuideachd inntinneach fhaicinn dè thachras dha tuathanasan èisg. Tha seo dualtach ìre eile de riaghailtean a chur mu choinneimh sgìre mara as iongantaich a tha am measg nan sgìrean as miosa san t-saoghal a-thaobh riaghailtean."

Tha ball-pàrlamaid nan Eilean Siar, Alasdair Moireasdan, dol a sheasamh gu treun an aghaidh moladh sam bith airson pàircean nàiseanta a stèidheachadh sna h-eileanan.

A rèir Mhgr Mhoireasdain bidh e tòrr mòr nas fheàrr rian a chur air na h-uisgeachan tro chomataidhean stiùiridh roinneil a bhios air an ruith le gnìomhachas an iasgaich. Thatar an dùil a' chiad fhear ac' a stèidheachadh sna h-eileanan sa Mhàirt.

Thuirt e: "An rud a dh'fheumas sinne 's e stiùireadh roinneil air an iasgach far am faighear air obrachadh gu dlùth le luchd-seòlaidh, iadsan a bhios a' dàibheadh agus buidhnean mara eile."

Lean e air: "Bu chòir dhuinn a bhith glè fhaiceallach nuair a tha SNH a' dèanamh moladh a bhios 'math dha na h-eileanan'. Aig deireadh an là 's e buidheann a tha seo a tha glè thoilichte cothroman eaconomach nan eilean, air muir agus tìr, a mhùchadh agus a rinn sabaist chruaidh gus an deigheadh na prìomh oifisean aca a ghluasad bho Dhùn Èideann a dh'Inbhir Nis."

Barrachd air an glacadh ag òl is a' dràibheadh

Tha daoine a tha a' fuireach air Ghàidhealtachd a' dèanamh oidhirp mhòr airson cuideachadh ann a bhith cur stad air daoine bho bhith ag òl 's a dràibheadh, le bhith cur fios air na poilis.

Chaidh 13 a ghlacadh thairis air seachdain na Bhliadhn' Ùire fhèin agus a-mach à sin chaidh 10 a ghlacadh an dèidh fiosrachadh a thoirt dha na poilis mun deidhinn.

Chaidh an àireamh a chaidh a ghlacadh gu lèir thairis air ceithir seachdainean an-àirde 13% an taca ris an-uiridh, ach tha na poilis dhen bheachd gur e as coireach gun deach barrachd a ghlacadh gu bheil barrachd a' briseadh an lagh san dòigh seo. Gu lèir, chaidh 61 a ghlacadh am-bliadhna agus 54 an-uiridh.

Gach bliadhna thairis air an Nollaig agus a' Bhliadhna Ùr tha iomairt shònraichte ga chur air dòigh airson daoine a tha ag òl is a' dràibheadh a ghlacadh. 'S e seo an àm dhen bhliadhna a tha daoine nas dualtaich suidhe air cùlaibh cuibhle is iad air a bhith ag òl deoch làidir.

Thuirt an inspeatair Iain Mac a' Ghobhainn, a tha os cionn roinn nan rathaidean dha Poilis a' Chinn-a-Tuath, gun robh an t-àrdachadh air sgàth 's gun robh barrachd dhaoine a-nis a' cur fios air na poilis.

"Bu math leam taing a thoirt dhan phobal agus bhithinn an dòchas gun lean an taic sin thairis air a' Bhliadhna Ùr," dh'innis e.

"'S e duilgheadas a tha ann a bhith ag òl 's a' dràibheadh nach eil a' falbh agus cumaidh sinn òirnn ag amas air daoine a tha ris an eucoir a tha seo.

"Tha barrachd is barrachd dhaoine dhen bheachd, mar a tha sinne, nach bu chòir gabhail ri bhith ag òl is a' dràibheadh agus chan eil e ach a' toirt bròn is briseadh cridhe do theaghlaichean is coimhearsnachdan."

Am-bliadhna, a thuilleadh air a bhith ag amas air daoine a bha ag òl is a' dràibheadh bha na poilis ag amas air daoine a bha air drugaichean mì-laghail a ghabhail agus a' suidhe air cùlaibh cuibhle. Cha d' fhuair iad grèim air duine a bha ris an seo.

Moladh do phròiseact an luchd-ceumnachaidh

Thàinig luchd-ceumnachaidh is luchd-fastaidh a tha an sàs ann an Sgeama Luchd-ceumnachaidh Chomunn na Gàidhlig cruinn còmhla anns An Lanntair ann an Steòrnabhagh air a' mhìos a chaidh gus beachdachadh air an Sgeama.

Thuirt Dòmhnall Màrtainn, Ceannard Chomunn na Gàidhlig: "Thug a' choinneamh seo cothrom dhan luchd-ceumnachaidh coinneachadh ri chèile agus fhuair iad fhèin agus riochdairean bho na diofar bhuidhnean cothrom beachdan, ceistean, duilgheadasan no molaidhean sam bith a bh' aca mun sgeama a thogail. Tha an sgeama seo air a bhith a' ruith a-nis airson dà bhliadhna agus tha CnaG air leth toilichte le cho math 's a shoirbhich leis gu seo.

"Tha sianar air obair fad bhliadhna fhaighinn còmhla ri caochladh bhuidhnean Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar agus anns an Eilean Sgitheanach tro sgeama na bliadhna-sa agus tha sinn cinnteach gum faigh iad buannachd mhòr às."

Thuirt Sìne NicLeòid à Nis ann an Leòdhas: "Tha mi air cùmhnant bliadhna fhaighinn mar oifigear taic aig Fosglan ann an Colaiste a' Chaisteil tron Sgeama Luchd-ceumnachaidh. 'S e cothrom math dha-rìribh a th' ann dha daoine le Gàidhlig a th' air ceumnachadh oir tha e a' cruthachadh obraichean ùra a bheir eòlas dhaibh air saoghal na Gàidhlig.

"Tha piseach mòr air a thighinn air na sgilean eadar-theangachaidh agam bho thòisich mi agus tha mi gu mòr an comain Comunn na Gàidhlig airson cothrom a thoirt dhomh gus an obair seo a dhèanamh."

Seo an dàrna bliadhna a tha CnaG air an Sgeama Luchd-ceumnachaidh a ruith. Fhuair sianar luchd-ceumnachaidh obair tro sgeama na bliadhna an-uiridh agus fhuair sianar obair air a' bhliadhna-sa.

Bidh an luchd-ceumnachaidh a' dol air cùrsa fèin-leasachaidh airson seachdain mar phàirt den sgeama agus bidh iad a' dol air iomlaid-obrach a dh'Èirinn airson trì seachdainean.

Tha an sgeama air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar agus a' bhuidheann Leader + nan Eilean Siar, An Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse.

Comann na Camanachd

A' cumail taic ri spòrs na h-Alba



Comann na Camanachd
Taigh na Banrigh Anna
111 Àrd-Shràid
An Gearastan
PH33 6DG

fòn: 01397 703903
facs: 01397 703903

www.shinty.com
p.-dealain: info@shinty.com

Duilleag na camanachd

Le Ailig O'Henley

shinty.com

Oifigear ùr dol a thoirt gnè nas proifiseanta air obair na buidhne

Aig toiseach na Bliadhn' Ùire chur Comann na Camanachd fàilte air àrd oifigear ùr, Ridseard Tulloch, aig àm air leth inntinneach don ghèam.

Tha maighstir Tulloch a' gabhail thairis bhon Èireannach, Graham D'Arcy, a tha air obair ionmhalta a dhèanamh anns an dà bhliadhna mu dheireadh ann a bhith a' toirt crathadh math air spòrs nan Gàidheal agus a' stèidheachadh structairean ùra airson nam bliadhnaichean a tha romhainn.

A' toirt a' chiad agallamh aige don, Ghàidheal Ùr, thuirt Mgr Tulloch gun robh bliadhna air leth trang air a bhith aig saoghal na camanachd far na pàirce ann an 2005 agus tha e airson leigeil le cùisean socrachadh mus cuir e a dhreach fhèin air a' ghèam.

"Sa chiad àite, tha mi airson èisteachd agus coinneachadh ri buill nan sgiobannan," thuirt Tulloch (55).

"Is e bliadhna de dh'atharrachaidhean mòra a bh' ann an 2005 agus gu pearsanta, bha e na fhaochadh dhòmhsa an uair a chuala mi gun robh na buill air gabhail ri seusan cluiche tro mhìosan an t-samhraidh. Tha sin a' toirt cothroman ùra don ghèam agus bidh sinn a' gluasad orra sin sna mìosan a tha romhainn, ach an toiseach tha e cudromach gun cluinn mi dè na rudan a tha ag obair 's dè nach eil."

Bha Tulloch a' bruidhinn 's e a' tadhal air Dùn Omhain far a bheilear an dùil Cuairt Dheireannach Cupa na Camanachd a chluich am-bliadhna agus fhad 's a thèid beagan càradh agus obair leudachaidh a dhèanamh air a' phàirce sa bhaile tha sinn a' tuigsinn gun tèid an làrach ainmeachadh gu foirmeil a dh'aithghearr.

Thèid a' phàirc a chleachdadh cuideachd airson Cupa a' Mhòid a chluich an uair a thadhalas am Mòd Nàiseanta Rìoghail air a' bhaile agus tha Tulloch an dòchas gun toir sin anail às ùr don ghèam ann an sgìre Earra Ghaidheil.

"Ged a tha an gèam gu math fallain mu thuath, tha e a' dèanamh dragh dhomh gu bheil an àireamh sgiobannan ann an Earra Ghaidheal air a dhol sìos sna bliadhnaichean mu dheireadh," thuirt e.

"An uair a bha mi an sàs ann a bhith a' sgrìobhadh leabhar-bliadhna na Camanachd aig toiseach nan 90an, bha an àireamh gu math nas àirde agus bhithinn an dòchas le bhith a' dol air ais gu Lìogan sgìreil gun toireadh sin misneachd do sgiobannan ùra a thighinn air adhart."

Tha Tulloch a' tilleadh air ais a dh'Alba — rugadh e ann an Obar Dheathain — as dèidh mòran bhliadhnaichean ann an Sasainn far an robh dreuchdan àrd inbhe aige ann am buidhnean saorthoileach leithid Dualchas Shasainn agus Community Action Hampshire, far an robh e ag obair mu dheireadh.

Bidh a chuid sgilean mar rianaire agus an dealas a th' aige fhèin airson a' gheama fìor chudromach do chamanachd anns na bliadhnaichean a tha romhainn agus tha sinn a' guidhe gach soirbheachas dha na obair ùr.



COMANN NA CAMANACHD
CAMANACHD ASSOCIATION

Briseadh-dùil an dèidh chaidh farpais cupa a tharraing air ais

Bha e tàmailteach a chluintinn gu bheil Comann MhicAmhlaigh air an Cupa aca a tharraing a-mach à clàr nam farpaisean airson an t-seusain a tha romhainn.

Mar phàirt dhen ghluasad gu seusan 35-seachdain, bha Comann na Camanachd a' faireachdainn nach b' urrainn dhaibh suas ri ceithir deireadh sheachdainean a chur mu seach airson an Cupa a chluich agus mar sin chaidh a mholadh gun rachadh e air adhart air an aon latha san Òban eadar na sgiobannan as fheàrr bho cheann a tuath agus ceann a deas na h-Alba.

Airson an latha a dhèanamh nas tarraingiche bhathas a' moladh Cuairt Dheireannach Sgiath Lunnainn a chluich cuideachd le camarathan telebhisein an làthair airson na geamachan a chraoladh, ach as dèidh beachdan nan sgiobannan a shireadh, cho-dhùin Comann MhicAmhlaigh gum b' fheàrr leotha an Cupa a tharraing air ais.

Tha iad dì-beathte sin a dhèanamh ach tha e a' coimhead coltach gun do ghabh buill a' chomainn am moladh san t-sròin oir a-mach às na còig sgiobannan a thug seachad beachd bha triùir an aghaidh a' mholaidh agus a dhà air a shon, a' dearbhadh nach robh beachd làidir ann taobh seach taobh.

Bhiodh e air a bhith fada na b' fheàrr dhaibh gabhail ris an t-suidheachadh ùr san eadar-ama, duilich 's gu bheil e, agus feuchainn ri tilleadh air ais thuige an ceann bliadhna no dhà eile an uair a bhios an clàr-cluiche ùr air socrachadh.

A rèir choltais chan eil iad a' dol a dh'atharrachadh am beachd ach tha an t-Àrd Oifigear ùr air leigeil fhaicinn gu bheil e airson bruidhinn riutha a-rithist agus bhiodh e math nan rachadh aca air rèiteach a ruighinn.

A' cur cuimhne air "Batchen"

Le naidheachd bàis Uilleim Batchen, tha saoghal na camanachd air fear de laoich a' gheama a chall. Bidh cuimhne air "Batchen", mar a b' fheàrr a dh'aithnichear e, mar shàr rèitire — a' chiad fhear a bha os cionn trì cuairtean deireannaich de Chupa na Camanachd — ach bha iomadach taobh eile cuideachd air an duine a rugar fad air falbh bho sgìrean traidiseanta a' gheama ann am Bathgate. Bha e a' cluiche ball-coise do sgiobannan Chaledonian Inbhir Nis agus Chlach na Cùdain aig deireadh nan 1930an is toiseach nan 40an agus bha ùidh mhòr aige cuideachd ann an spòrs eile leithid bogsadh, badminton, criogaid agus iasgach.

Ach b' e camanachd a' chiad ghràdh aige agus thug e seachad a' chuid bu mhotha dhe bheatha a' cur taic ris a' ghèam, mar rèitire agus as dèidh sin mar rùnaire/ionmhasair Comann na Camanachd fad dusan bliadhna. Bha e dha-rìribh na shamhla air na bha am facal "amatair" a' ciallachadh agus aig àm an uair a tha an gèam na sheasamh air starsach linne, inntinnich ùire, 's cinnteach gum bi a bheatha na dheagh eisimpleir don ghinealach a tha a' tighinn as a dhèidh cuideachd.

An Comann ag amas air barrachd àite a thoirt dhan Ghàidhlig

Tha e math fhaicinn gu bheil an Comann air gluasad gus ìomhaigh nas àirde a thoirt don Ghàidhlig nan cuid obrach.

Chan e a-mhàin gu bheil iad air an làmh a chur nam pòca airson a' cholbh seo a thoirt gu buil — le foillsichidhean agus stuthan-teagaisg is coidsidh eile ri thighinn fhathast — ach nas cudromaiche buileach tha iad air prìomhachas a thoirt don chànan air suaicheantas a' Chomainn fhèin le na faclan "Comann na Camanachd" a' nochdadh os cionn nam faclan Beurla.

Bidh am facal "Alba" cuideachd air na lèintean aig an sgioba nàiseanta le "camanachd nam ban" air lèintean sgioba nam boireannach.

Ceum beag 's dòcha ach ceum cudromach don chànan cuideachd. Bidh cuimhn' aig gu leòr air na h-iarrtasan a chuir luchd-iomairt Gàidhlig — mi fhèin nam measg — gu Comann Ball-coise na h-Alba sna bliadhnaichean mu dheireadh airson am facal Alba a chur air lèintean na sgioba nàiseanta.

Tha an SFA air diùltadh amuigh 's a-mach gabhail ris an tagradh sin, fiù 's ged a tha gu leòr do luchd-leantail ga iarraidh, ach 's math gu bheil co-dhiù aon chomann ann a tha deònach taic fhollaiseach a chur ris a' chànan.

An ath thuras a chluicheas Alba an aghaidh Èirinn bidh am facal 'Alba' a' nochdadh air na lèintean aca

A' tionndadh na prosbaig air cudromachd an teaghlaich

Cathaidh Màiri Nic a'Mhaoilein

Chan eil duin' againn nach do shuidh deuchainn san sgoil agus tha a' chuid mhòr againn air deuchainn an dràibhidh fheuchainn co-dhiù aon uair no 's dòcha dhà. Chan eil uair a thèid thu a dh'iarraidh iosad airgid bho bhanca nach fheum thu pàipear-deuchainn gun chiall a lìonadh agus mìle ceist a fhreagairt; cha mhòr nach fheum thu leud do bhròig agus dath do ghruaig innse. Tha sinn a' suidhe deuchainn ann an oilthigh, tha sinn ag ullachadh airson agallamh obrach, ach 's fhada bho bha mi a' ceisneachadh ciamar a-rèist nach eil againn ri dhol tro dheuchainn sam bith airson na h-obrach as cudromach a nì sinn nar beatha? 'S e sin dreuchd a th' aig a' mhòr chuid againn, teaghlach a thogail. Ach a thaing a-nis do Mgr Blair agus na Labaraich, faodaidh pàrantan a dhol do sgoil shònraichte gus sgilean ionnsachadh a thaobh a bhith ag àrach na cloinne. O dhuine ghràdhaich nach robh làn thìd ann. Nach bochd nach robh i ann ri mo latha, mus deach mi riamh air an t-siubhal. Bhithinn air a bhith deònach cìsean foghlaim a phàigheadh airson teisteanas a thoirt à leithid de sgoil.

Ach ged a tha mise ri magadh, chan eil càil a bheachd aig duine againn na tha de dh'uallach a' tighinn an cois na cloinne gus am bi iad mu ar claigeann, agus saoilidh mi fhìn co-dhiù, nuair a chì mi òigridh a tha ri mì-mhodh, gur e na pàrantan a tha còir uallach a ghabhail. Ach a bheil còir ann pàrantan a pheanasachadh no càin a chur orra, mura cùm iad smachd air an cuid cloinne? B' e cheist i gun teagamh, agus 's e sin a tha riaghaltas ag innse dhuinn. Cò mheud duine againn is urrainn a ràdh le ar làmh air ar cridhe gu bheil fios againn càit a bheil ar pàist agus dè tha e no i ris nuair a tha iad a-mach às ar sealladh? An urrainn dhuinn a ràdh gu bheil làn earbs' againn nach dèan iad leithid siud no leithid seo a rud, a dh'aindeoin na chaidh ionnsachadh dhaibh dè tha ceart no ceàrr? Chan eil e cho furasta a bhith cinnteach gu bheil gach pàist a chaidh a dheagh thogail a' fuireach modhail, no gach pàist a fhuair droch eisimpleir a' fàs crost.

Tha cuimhn' agam bho chionn bhliadhnachan, Iain Major a' cur air adhart "Back to Basics" airson teaghlaichean, agus saoilidh mi gur e seo a tha na Labaraich a' feuchainn ri dhèanamh fo ainm eile. Tha mi fhìn ag aontachadh, tha còir aig teaghlaichean a bhith a' suidhe timcheall a' bhùird ag ithe còmhla, tha còir aig màthraichean agus athraichean tòrr a bharrachd ùine a chaitheamh còmhla rin cuid cloinne, agus sin bho thè nach eil an-còmhnaidh aig an taigh agus an duine aice dàrna leth a bheatha air rig-ola! Chan urrainn dhuinn ach ar dìcheall a dhèanamh. Oir mura bi spèis aig a' chloinn do phàrantan, ciamar a bhiodh spèis aca do dhuin' eile. Ach feumaidh sinne mar phàrantan fhèin an dearbh spèis sin a chosnadh. Obh, obh cuin a tha an sgoil a tha siud a' fosgladh!

Fhad 's a tha mi a' beachdachadh air cùisean ann an Taigh nan Cumantan, chan urrainn gun bruidhinn air mar a chaidh dha Teàrlach Ceanadach, aig nach robh fior bhliadhna mhath ùr idir. Chan eil teagamh nach do rinn e mòran gus adhartas a thoirt air a' phàrtaidh aige thar nam bliadhnachan, ach mar a chì sinn nàdar mhic an duine cho follaiseach, far an deach laigs fhaicinn, tha am pàrtaidh air tionndadh air mar ainmhidhean leis an acras gus a chnàmhan a spiulladh. Chan ann a' gabhail taobh Theàrlaich a tha mi idir, tha laigs anns an duine a tha bitheanta gu leòr am measg dhaoine, agus nach fhaic sinn tric gu leòr nach eil suim aig an dearbh laigse sin de dh'uaisleachd no ìsleachd. Tha e gu mòr an aghaidh Theàrlaich ge-tà nach do dh'aidich e bho chionn fhada gun robh trioblaid aige, oir b' e bha aige ach obair le uallach, os cionn agus na eisimpleir dha daoin' eile.

Co-dhiù anns an dealachadh, tha bliadhna air a dhol seachad bho bha an stoirm uabhasach againn, agus bidh sinn a' cuimhneachadh le co-fhaireachdainn air gach duine dh'fhuiling agus anns a' bhliadhna bhon uairsin tha iomadach tachartas cianail air àit a ghabhail air feadh an t-saoghail agus faisg air an dachaigh. Sin mar a bhios cùisean ach feumaidh sinn coimhead air ar n-adhart le dòchas a dh'aindeoin coltas Iran agus flu nan eun.

Cumaidh na tha sin cagnadh rinn airson greiseag.

CROFTERS COMMISSION

UGHDARRAS NAN CROITEARAN

1955/2005 50 BLIADHNA A' TOIRT TAIC DO CHROITEARACHD

Lùb a' Chaisteil, Inbhirnis IV2 3EQ
Fòn: (01463) 663450 Facs: (01463) 711820
Post-d: info@crofterscommission.org.uk
Lìon: www.crofterscommission.org.uk

Cùrsaichean Gàidhlig.

Bidh Clì Gàidhlig a' cumail cùrsaichean Gàidhlig ann an Steòrnabhagh air an ath mhìos. Thèid na cùrsaichean seo air adhart air Disathairne an 11mh den Gearran agus Disathairne 18mh den Gearran. 'S e cùrsaichean còmhraidh a bhios an seo do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, aig ìre sam bith.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Manaidsear Chùrsaichean,
D I Mac an t-Saoir:
Fòn: 01463 226 710 post-d: dj@cli.org.uk

Duaisean luachmhor ann am farpais bàrdachd

Tha fèis bhliadhnail bhàrdachd gu bhith air a cumail ann an Èirinn ann an dà mhìos eile nuair a bhios cothrom aig sgrìobhadairean Gàidhlig duaisean luachmhor a bhuannachadh.

Thèid Feis Eadar-nàiseanta Bàrdachd Bhéal Atha na mBuilli — a tha a' faighinn taic bho Iomairt Chaluim Chille — a chur air adhart sa Ghiblean do bhàird Ghàidhlig, Gaeilge no Mhanannach.

Tha a' phrìomh dhuais luach 4000 Euro agus tha an fharpais a' tairgsinn dhuaisean do bhàird aig ìre nach fhaicear mar as trice ach ann am farpaisean Beurla. Tha an dàrna duais luach 2000 Euro agus treas duais 1000 Euro. Thèid geàrr-liosta de shianar ainmeachadh, agus gheibh gach aon dhiubh 450 Euro nuair a leughas iad aig an fhèis.

Tha an dà bhreitheamh am measg nan sgrìobhadairean as ainmeile ann an saoghal bàrdachd nan Gàidheal, Nuala Ní Dhomhnaill à Èirinn agus Aonghas MacNeacail à Alba. Tha an fharpais a' dùnadh air an 15mh den Ghearran

Thuirt stiùiriche na fèis Paddy Bushe: "'S e Duais Choilm Chille dòigh air an inbhe de bhàrdachd a tha air a sgrìobhadh ann an Gaeilge is Gàidhlig na h-Alba ainmeachadh, agus sealltainn cho aonaichte 's a tha iad. Tha seo air a chomharrachadh anns na duaisean fialaidh a thatar a' tabhann agus anns a' chliù a tha aig britheamhan na bliadhna, a tha fior aithnichte nan dùthchannan fhèin, agus a tha saoilsinn mòran de obair càch a chèile.

"Dh'iarrainn-sa air a h-uile bàrd Ghàidhlig, gur bith dè an aois no eòlas, pàirt a ghabhail san fharpais seo."

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig www.strokestownpoetryprize.com.

Àrd-oifigear ùr a' Chomuinn Ghaidhealaich air a thaghadh

Tha An Comunn Gàidhealach air ainmeachadh gur e Calum Iain MacLeòid a ghabhas a-nall dreuchd an àrd-oifigeir.

'S ann à Nis ann an Leòdhas a tha Mgr MacLeòid (48) agus tha e an-dràsta ag obair dha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig mar rianaiche. Tòisichidh e san dreuchd ùr sa Mhàirt. Tha e pòsta le dithis de theaghlach.

A thuilleadh air a bhith na rianaiche, bha Mgr MacLeòid mar chomhairliche air Comhairle nan Eilean Siar fad ceithir bliadhna.

Thuirt neach-gairm na comhairle, Aonghas Dòmhnallach: "Tha sinn fior thoilichte Calum Iain MacLeòid fhaighinn mar àrd-oifigear. Tha sinn a-nis a' coimhead air adhart ri obair a' Chomuinn Ghàidhealaich, a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail agus A' Ghàidheil Ùir a thoirt air adhart ann an co-bhoinn le ar luchd-obrach, ar n-oifigearan, buill a' Chomuinn air feadh an t-saoghail agus na prìomh bhuidhnean ann am Breatainn agus thall-thairis a tha toirt taic dhuinn.

"Tha Calum Iain aithnichte ann an coimhearsnachd na Gàidhlig agus tha sinn a' coimhead ris na tha fa-near dhuinn san àm ri teachd fo a stiùir le aoibhneas."

Thuirt Mgr MacLeòid: "Tha mi gu mòr a' coimhead air adhart ri bhith na m' àrd-oifigear air a' Chomunn Ghàidhealach. Tha deagh thraidisean uasal aig a' Chomunn ann a bhith a' leasachadh a' chànain Ghàidhlig agus a' chultair bhon chaidh a stèidheachadh san Òban ann an 1891 agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith a' leasachadh na buidhne sna bliadhnachan ri thighinn."

'S e am Mòd Nàiseanta prìomh thachartas a' Chomuinn agus tha 2,300 ball aca air feadh an t-saoghail, le còignear ag obair làn-ùine.

Air chuairt tro na h-eileanan

Faraidhean saora air fàire?

Tha Riaghaltas na h-Alba a' beachdachadh air sgeama ùr a bheir an cothrom do dh'eileanaich siubhal air plèana aig prìs nas saoire.

Ma thèid gabhail ris, bidh e a' ciallachadh gum bi na daoine a tha a' siubhal bho na h-eileanan gu tìr mòr a' faighinn ìsleachadh air prìs nan ticeadan.

Chan eil fhios aig an ìre-sa dè cho mòr 's a bhios an lùghdachadh no cuin a thèid a stèidheachadh.

A rèir ball-pàrlamaid nan Eilean Siar, Alasdair Moireasdan, leanaidh seo gu barrachd 's barrachd dhaoine a bhith a' siubhal air plèana.

"Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair air an-dràsta," thuirt e. "Chan e naidheachd mhòr sam bith a tha ann gu bheil mi air a bhith ag obair còmhla ri na ministearan còmdhala, Nicol Stephen is Tavish Scott, gus feuchainn ri cosgais siubhail san adhair eadar na h-eileanan agus tìr-mòr a thoirt sìos.

"Tha fios 'am gu bheil Tavish Scott, mar eileanach a tha ri-ochdachadh Sealtainn, ag aithneachadh an fheum airson siubhal san adhair a dhèanamh nas saoire agus tha an Riaghaltas ag obair air moladh inntinneach a bhios a' cruthachadh suidheachadh fàbharach dha eileanaich, a' ciallachadh nuair a cheannaicheas thu ticead airson siubhl bho na h-eileanan gu tìr-mòr gum bi e nas saoire na ma thu a' tighinn bho tìr-mòr chun nan eilean."

Gnìomhachas na feamad dol a dh'ath-nuadhachadh

Tha e coimhead coltach gu bheil gnìomhachas a bha uairigein air leth bitheanta anns na h-eileanan dol a dh'ath-bheothachadh ann an Leòdhas.

Tha dùil gu fosgail Companaidh Feamainn Innse Gall factaraidh ùr ann an Airnis faisg air Steòrnabhagh as t-earrach-sa tighinn.

Tha iad an dòchas còrr air dusan tonna de dh'fheamainn fhluich ullachadh gach là. Bheir sinn dhaibh mu dhà thonna gu leth den stuth thioram as urrainnear a reic.

Thèid a reic fo bhratach organach airson a chur gu feum mar thodhar, mar bhiadh airson beathaichean agus airson rud ris an canar "alginate", stuth a bhios a' nochdadh ann am iomdach rud, mar siabann.

'S e dà fhireannach à sgìre nan Loch, Calum MacRath is Màrtainn MacLeòid, a tha air cùlaibh na h-iomairt.

Thuirt Mgr MacLeòid (30): "Bidh sinn a' coimhead airson nas urrainn dhuinn de dhaoine fhaighinn airson gearradh. Ma thèid cùisean gu math 's dòcha gum faigh sinn air obair a thoirt dha grunn dhaoine."

B' àbhaist gnìomhachas na feamad a bhith air leth bitheanta anns na h-eileanan, le dà fhactaraidh ann an Uibhist fhèin.

Ach, lagaich an t-iarrtas agus bha e na bu shaoire dha companaidhean feamainn fhaighinn bho thall-thairis, a' ciallachadh nach eil cus idir air a bhith dol air adhart san sgìre san fhichead bliadhna a dh'fhalbh.

Pròiseact nan sgoiltean ann an làmhan an Riaghaltais

Chaidh sgeama airgid poblach prìbheiteach luach £52 millean airson sgoiltean nan Eilean Siar a' leasachadh a chur gu Riaghaltas na h-Alba an t-seachdain a chaidh.

Tha Comhairle nan Eilean Siar an dòchas co-dhùnadh fàbharach fhaighinn an ath mhìos, le dùil gun tèid an obair togail a thòiseachadh ann an 2007.

Tha grunn dhuilgheadasan air thighinn ma choinneimh na comhairle ann a bhith a' leasachadh na pròiseict — an fhear as motha 's e nach tàinig ùidh sam bith bho roinn phrìbhiteach air sgàth 's cho ìosal is a tha luach an fhearainn agus toglaichean.

An dèidh còmhraidhean a chumail leis an riaghaltas ghluais a' chomhairle gu companaidh sònraichte a stèidheachadh dhaibh fhèin, a bheir dhaibh an cothrom a chur air adhart mar ghrunn chùmnhantan beaga seach aon mhòr.

Tha an cùmhnant a' gabhail a-staigh còig diofar phròiseactan gu lèir — bun-sgoiltean ùr ann am Baile a' Mhanaich is taobh siar Leòdhais agus leasachaidhean aig Sgoil 'Ic Neacail ann an Steòrnabhagh, Sgoil Sir E Scott air an Tairbeart agus Sgoil Phabail san Rubha.

Thuirt stiùiriche an foghlaim aig a' chomhairle Murchadh MacLeòid: "Tha e air a bhith duilich a thoirt chun ìre seo agus tha e air ùine mhòr a thoirt. A' gabhail ris gu faigh sinn freagairt fàbharach sa Ghearran ghluaiseadh sinn chun ath ìre ann a bhith dealbhadh a' chùmhnaint. Nochdaidh na sanasan airson companaidhean an uairsin, tha mi creidsinn, sa Ghiblean."

Dh'innis Mgr MacLeòid gun robh e duilich a ràdh le cinnt cuin a thòisicheadh an obair togail, ach "'s iongnatach mura eil thu coimhead ri 2007".

Beachd

A' sireadh làmh an uachdair ann an iomadach cogadh marbhtach

Le Aonghas Pàdraig Caimbeul

Mar stoirm air fàire, tha fathannan is fiosrachadh mu Flù nan Eun a' sìor thighinn thugainn, 's chan ann math a tha e a' coimhead.

Tha e mar feuchainn ri caoraich a chrodhadh gun chù: aon uair 's gum faigh thu fichead cruinn, ruithidh tè agus siud agad an treud a-rithist sgaoilte, sgapte.

Bha e an toiseach san Ear, thall timcheall Thailand 's na dùthchannan sin, ach mean air mhean tha e dìreadh no cromadh a-nall an seo, agus a-nis anns an Tuirc air oir na Roinn Eòrpa.

Chan e an tig e ach cuin a thig e a' cheist agus — air cùlaibh sin — a' cheist as motha: saoil an atharraich e gnè, mar a tha eagal air eòlaichean, gu bhith na ghalar a sgaoileas o neach gu neach, seach o chearc gu neach?

Ma thachras sin, bidh sinn uile ann an suidheachadh gu tur-eadar-dhealaichte (agus eagalach) 's againn ri dèiligeadh ris an rud sin ris an can iad pandemic dè flù a tha, a rèir gach fiosrachaidh a tha againn, marbhtach.

Chan eil sìon a dh' fhios agamsa a-bharrachd air neach sam bith eile an tachair no nach tachair sin, ach tha mi guidhe do Dhia nach tachair.

Tha fhios gu bheil a' chùis a' toirt a-steach òirnn uile cho beag 's a tha an saoghal mòr a-nis: mar aon bhaile o cheann gu ceann, 's ma bhuaileas fuachd aon cheann dhen bhaile, faodaidh tu a bhith cinnteach gum bi sin na ghalar aig ceann eile a' bhaile ann an ùine nach eil fada.

Gu ìre, ge-tà, bha an saoghal riamh mar sin cuideachd, 's cha bu chòir dhuinn sin a dhìochuimhneachadh. Ri linn nan Crusades, mar eisimpleir, cha robh galar anns an Tuirc nach robh na saighdearan sin a' toirt leotha air ais dhachaigh tron Roinn Eòrpa.

Nuair a ràinig na Spàinnich Meagsaco nan Aztecs anns a' chòigeamh-linn-deug nach deach na mìltean de dh'Innseanaich a mharbhadh le galaran a thug na Conquistadors leotha às an Roinn Eòrpa — 's e sin an fheadhainn nach robh iad air marbhadh cheana leis a' chlaidheamh.

Nach tug na galaran a thug na daoine geala leotha a dh' Aimearagaidh am bàs dha na ceudan mhìltean dhe na h-Innseanaich Ruadha nuair a ràinig Columbus is Walter Raleigh is an còrr.

'S cha bu chòir dhuinn dìochuimhneachadh gun robh e ag obrachadh an taobh eile cuideachd, 's cunntasan gu leòr ann am beul-aithris 's ann an eachdraidh nan Gàidheil mu na galaran marbhtach a thug coigrich air tìr nar dùthaich fhèin.

Cho drùiteach ri gin dhiubh tha an sgeul mun ghalar — cholera tha iad an dùil — a thàinig air tìr còmhla ri seòladairean Eòrpach a chuir casan air talamh faisg air Dhùn Bheagain san Eilean Sgitheanach anns na 1640an.

Am measg nan truaghanan a ghlac an galar bha seachdnar dhe na mic òga aig a' phìobaire Pàdraig Mòr MacCruimein, 's ri linn an uabhais chaidh a' phìobaireachd as cumhachdaiche a th' ann "Cumha na Cloinne" fhàgail againn.

A-rithist ann an Hiort is eile tha cunntas air a leithid, le na tùsanaich a' fulang gu mòr nuair thigeadh tinneas coimheach a-steach nam measg air nach robh an corp eòlach.

Tha mi creidsinn gur e an dealbh a tha a' tighinn thugam cho cheangailte ri chèile (seach cho sgaraichte no cho fada air falbh bho chèile) 's a tha sinn san t-saoghal seo. Tha e a' cur nam chuimhne nach urrainn dhuinn dìreach ballachan àrda dìon a chur eadar sinn fhìn agus an saoghal mòr, ann an oidhirp rudan dona no "olc" a chumail a-muigh.

Nach eil an soisgeul fhèin ag ràdh gum fàs an cogal agus a' chruithneachd còmhla, agus nuair thàinig na seirbhisich chun a' Mhaighstir a dh'fhaigneachd dha "An àill leat gun tèid sinne agus gun cruinnich sinn ri chèile iad?" thuirt am Maighstir, "Chan àill; air eagal nuair a chruinnicheas sibh an cogal, gun spìon sibh a' chruithneachd maille ris. Leigibh leotha fàs araon gus an tig am fogharadh: agus ann an àm an fhogharaidh their mise ris an luchd-buain, 'Cruinnichibh air tùs an cogal, agus ceanglaibh e na cheanglaichean a-chum a losgadh: ach cruinnichibh a' chruithneachd dom shabhal."

Tha e follaiseach nach e teachdaireachd idir a tha seo o Chrìosd dìreach cùisean dona no olc fhàgail mar a tha iad, gun sabaid nan aghaidh, oir ann an grunn àiteachan eile san t-soisgeul (mar eisimpleir, nuair a thilg e fhèin bùird an luchd-malairt thairis anns an teampall) tha e glè fhollaiseach gu bheil uallach is dleastanas òirnn uile seasamh an aghaidh an uilc.

Ach tha e a' ciallachadh nach urrainn dhuinn dìreach ar speal fhèin fhaighinn, mar gum biodh, airson nan nithean a tha sinne a' meas mar chogall a bhuain às an talamh mar a thogras sinn, nuair a thogras sinn. Tha e a' ciallachadh — dhòmhsa codhiù — nach robh cead moralta no eile aig na Stàitean Aonaichte — no aig Breatann — falbh a dh'Iorag, mar eisimpleir, le speal mhòr (ris an can iad B52 Bombers agus "Shock and Awe") a chur às dhan olc, mar a bha.

Ach nuair a thig e gu tinneas, mar Flu nan Eun, chan eil teagamh agam a-bharrachd gu bheil uallach agus dleastanas mòr moralta òirnn chan e a-mhàin sinn fhìn ach (cho fad 's a tha e nar comas) an saoghal gu lèir a dhìon on ghalar marbhtach seo.

Tha sin a' ciallachadh drugaichean iomchaidh a sheasas an aghaidh a' ghalair a dheasalachadh chan ann a-mhàin do shluagh na rìoghachd seo, ach cuideachd dha na daoine bochd air feadh an t-saoghail a bhios ann an cunnart uabhasach ma sgaoileas an galar.

'S ann air sgàth sin a bha mi air-leth toilichte fhaicinn an t-seachdain seo chaidh gun robh an t-Aonadh Eòrpach, mar eisimpleir, air deagh shuim airgid a chur gu aon taobh airson a thoirt do na dùthchannan bochda an aghaidh Flù nan Eun.

Tha sin math agus tha e math fhaicinn, oir bha gu leòr airgid ann airson Cogadh Ioraig — airson bomaichean is eile.

Nach math nan rachadh againn air an Cogadh an Aghaidh Ceannarcais a thionndadh dha-rìribh na Chogadh an Aghaidh Bochdainn.

Chan eil na h-àireamhan agamsa an-dràsta an seo gu mionaideach, ach tha fhios' am air aon rud: nan cosgadh an Saoghal Leasaichte leth dhen airgead a tha sinn a' cosg an-dràsta air Armachd air Bochdainn agus Slàinte agus Biadh, gun cuireadh sinn às dha na trì nàimhdean mòra sin cha mhòr ann am priobadh na sùla.

'S an àite Cumha na Cloinne 's ann a bhiodh againn, ann am pàirt co-dhiù, an duan sin eile a rinn Lachlann mac Theàrlaich Òig an latha a shiubhail e an sliabh 's a choinnich e chan ann le Bochdainn is Bàs is Acras ach le Iochd is Gràdh is Fiùghanas:

"Latha siubhal slèibhe dhomh
'S mi falbh leam fhèin gu dlùth,
Gun chuideachd anns an astar sin
Ach gunna glaice 's cù,
Gun thachair clann rium anns a' ghleann
A' gal gu fann chion iùil:
Ar leam gum b'iad a b' àillidh dreach
D' am facas riamh le m' shùil.

Gur iongnadh leam mar thàrla sibh
Am fàsach fad' air chùl,
Coimeas luchd bhur n-aghaidhean
Gun tagha de cheann iùil;
Air beannachadh neo-fiata dhomh
Gun d' fhiaraich mi, "Cò sibh?"
Fhreagair iad gu cianail mi
Am bràthraibh mìne ciùin.

"Iochd, is Gràdh, is Fiùghantas
Nar triùir gum b' e ar n-ainm,
Clann dhaoin' uaisle cùramach
A choisinn cliù 's gach ball;
Nuair phàigh an Fhèile cìs don eug
'S a chaidh i fhèin air chall,
Na thiomnadh dh' fhàg ar n-athair sinn
Aig maithibh Innse Gall."

Nach mòr ar dìleab agus ar cothrom san t-saoghal.

> Nach math nan rachadh againn air an Cogadh an Aghaidh Ceannarcais a thionndadh dha-rìribh na Chogadh an Aghaidh Bochdainn.

An Gàidheal Ùr

Nach eil gu leòr ann an Inbhir Nis cheana, gun iad a bhith ag iarraidh prìomh oifisean agus luchd-obrach na seanal ùr digiteach Gàidhlig cuideachd?

Nach eil prìomh oifisean Oilthigh na Gàidhealtachd, agus prìomh oifisean Iomairt na Gàidhealtachd, agus prìomh oifisean Bòrd na Gàidhlig agus prìomh oifisean Dualchas Nàdar na h-Alba agus mìle prìomh oifis eile aca cheana, gun iad a bhith ag iarraidh tuilleadh airson "wine-bars" Inbhir Nis a lìonadh nas motha buileach?

Nuair a thig e gu gnìomhachas sam bith, 's e am pàtran daonnan gu bheil am meadhan an-còmhnaidh a' slugadh a' chumhachd thuige fhèin, a' fàgail an iomaill lag agus an urra ri na criomagan, agus 's e pàtran a tha sin a tha air milleadh mòr a dhèanamh air a' Ghàidhealtachd is eile tro na linntean.

Riamh bhon sgaoil Tighearnas nan Eilean, tha am pàtran seo air a bhith follaiseach, agus air cron uabhasach a dhèanamh òirnn. Na Rìghrean ann an Dùn Èideann agus an tuath ann am bochdainn. A' chumhachd ann an Westminster, agus a-nis ann an Holyrood, agus ged a tha bruidhinn gu leòr air a bhith ann mu dheidhinn cumhachd a sgaoileadh a-mach dha na sgìrean iomallach, chan eil fianais mhòr sam bith gu bheil sin a' tachairt gu ìre reusanta sam bith.

Nach e sin a bha 'Devolution' — agus am feallsanachd a bha air a chùlaibh — a' ciallachadh? Gun rachadh cumhachd a sgaoileadh a-mach air feadh Alba, dha na sgìrean dùthchail agus iomallach, seach dìreach a bhith daingnichte anns a' bhaile mhòr?

Sin pàirt dhen adhbhar a tha sinne aig A' Ghàidheal Ùr ag argamaideachadh gum bu chòir prìomh oifisean — agus le sin luchd-obrach — an seanal telebhisein Gàidhlig a bhith stèidhichte anns na h-eileanan an iar. Tha sin cudromach a thaobh feallsanachd agus tha e cudromach mar shamhla gu bheil 'devolution' dha-rìribh aig cridhe poileataigs na rìoghachd seo.

Ach chan eil an sin ach pàirt dhen adhbhar. 'S e am pàirt eile dìreach gu bheil fada bharrachd feum eaconomach aig na h-Eileanan an Iar air na h-oifisean agus an luchd-obrach seo, na tha aig Inbhir Nis.

Mar tha fhios againn uile, tha na h-Eileanan Siar air a bhith a' sileadh sluagh a-nis o chionn deagh ùine, agus tha cruaidh fheum againn air obraichean mhath a bhith air an starsnaich againn.

Ma tha ar cànan agus ar cultar idir gu bhith beò, feumaidh sinn òigridh a dh'fhuiricheas anns na h-eileanan, agus airson sin tachairt feumaidh cosnadh — agus deagh chosnadh – a bhith romhpa. Cosnadh dhe gach seòrsa: a' togail muilneangaoithe aig Airnis (adan buidhe ann no às); a' deànamh phròg raman telebhisein is rèidio; obair turasachd; a' tionail feamainn airson an ionaid ùr seo a tha dol a dh' fhosgladh am-bliadhna, agus obair oifisean cuideachd, aig gach ìre, mar a gheibheadh daoine aig seanal digiteach.

A-nis, tha sinn ag aithneachadh gu bheil Inbhir Nis tarraingeach ann an iomadach dòigh 's gu bheil goireasan glè mhath ann (a-bharrachd air na stòpan-fìona!), ach chan e Hiort buileach glan a th' ann an Steòrnabhagh a-bharrachd! Tha port-adhair, is aiseagan, is fònaichean is post-dealain againn dìreach mar a th' aca ann an Inbhir Nis, agus tha Comataidh Craolaidh na Gàidhlig is eile air dearbhadh cheana thairis iomadach bliadhna gun tèid agad air gnìomhachas, digiteach no eile, a ruith anns na h-eileanan.

Tha sinn ag aithneachadh cuideachd gu bheil taobh eile air a' cheist: ma tha sinn cho mòr sin a thaobh 'devolution' carson nach tèid sinn fad an rathaid agus nach mol sinn gun tèid na prìomh oifisean airson seanal digiteach a-mach gu na sgìrean as iomallaiche buileach — a Nis, can, no a dh' Èireisgeigh.

Cha bhiodh sìon againne an aghaidh na h-oifisean seo a dhol a dh' àite sam bith anns na h-Eileanan Siar. Bhiodh iad math agus feumail anns gach àite, ach on a tha bunait cheana ann an Steòrnabhagh — 's e sin ri ràdh na h-oifisean agus an luchd-obrach aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig — chan eil sinn a' faicinn adhbhar mòr ciallach sam bith a' bhunait sin a ghluasad a dh' àite sam bith eile, ge brith an e Inbhir Nis no Hiort.

Tha iomadach nì nach do thachair ann an craoladh Gàidhlig anns na bliadhnachan a chaidh seachad, ach chan urrainn neach sam bith a ràdh gur e as coireach ri sin gun robh prìomh oifisean an CCG agus SMG ann an Steòrnabhagh. Ma tha sinn airson coire ainmeachadh, coimheadamaid a-rithist gu Cowcaddens is eile, far an deach saoghal craolaidh na Gàidhlig a chreach.

As dèidh spàirn mhòr nam bliadhnachan tha sinn a' cur fàilte mhòr air seanal telebhisein Gàidhlig, agus a' coimhead air adhart ri luchd-obrach na seanail sin a bhith nar measg. A-nise, cò tha dol a dh' fhosgladh a' chiad "wine-bàr", le canapes, air Sràid Chrombaidh?



LITRICHEAN

A' leantainn air a' chuspair a bh' aig Aonghas Pàdraig Caimbeul "A' meòrachadh air feallsanachd nàiseanta na h-Alba" (An Gàidheal Ùr, Dùbhlachd 2005), dh'fhairich mi gun robh agam ri puing no dhà a chur ris a' phìos aige. Tha mi fhèin nam "eadar-nàiseantach" cuideachd; tha mi a' creidsinn gum bu chòir do dh'Alba a bhith na dùthaich àbhaisteach seach sgìre ann am Breatainn. Tha aon rud cinnteach, fhad 's tha Alba air a cumail air ais ('s "mar phàirt" na faclan ceart, nach e?), cha bhi an dùthaich càil nas eadar-nàiseantaiche.

Thachair mi ri tagraiche pàrlamaid san Òban anns a' Chèitean. Bha i a' seasamh airson nan Làbarach. Thuirt mise rithe gun robh mi a' creidsinn ann an Alba, gum bu chòir dhuinn a bhith neo-eisimeileach. Arsa ise gun robh i na h-eadar-nàiseantach ach nuair a dh'fhaighnich mi dhi ciamar a bha Alba gu bhith nas eadar-nàiseantaiche às aonais cumhachd mar dùthchannan sam bith eile, chùm i samhach.

Agus airson na ceist a bh'aig Aonghas Pàdraig, tha Càrlabhagh nas dlùithe ri Carluke a chionn 's gu bheil iad anns an aon dùthaich! No an e "sgìre" a bu chòir dhomh a ràdh? Bidh Aonghas Pàdraig ag innse dhuinn gu bheil Nizhy Novogorod dlùth ri Northampton anns an ath phìos aige. Tha mi a' coimhead air adhart ris!

Gach deagh dhùrachd,
Dòmhnall Morris
An t-Òban

Còrr is trì cheud a' cur a-staigh airson farpais bàrdachd

Tha cuimhne mhath agam fhathast air an latha a bha sin. Goirid ron Nollaig, san oifis làn de luchd obrach a' feuchainn rin cuid obair làitheil a dhèanamh, 's mise nan teismheadhan a' riasladh ris a' photocopier (no an 'leth-bhreacadair' mar a theirear cuid). Bha mi ann airson aon adhbhar. A' dèanamh leth-bhric Chan e aonan a-mhàin, no fiù 's deich no ceud, ach mìle — còrr 's mìle, TRÌ mìle! Carson...? Uill, 's i ceist eile a tha sin.

Thòisich e air an t-siathamh latha dhen Dàmhair an-uiridh. Dhuibh-se aig a bheil deagh chuimhne, bidh fhios agaibh gur e latha nàiseanta na Bàrdachd a bha sin. An latha sin, air Aithris na Maidne, bha mi fhèin an sàs ann a bhith a' cur air bhog rud air an tug sinn, "Gun Dèan Mi Rann". Bha sinn ag amas air bàrdachd tur ùr fhaighinn sa Ghàidhlig. Bàrdachd sam bith air iomadach seòrsa cuspair... ghabhadh sinn rud sam bith, eadar gaol agus cogadh. Bha an crann-tàra laiste, 's cha robh againn ach ri feitheamh airson freagairt.

Nach sinn a fhuair e. Bha an fharpais a' ruith airson ochd seachdainean, agus mun àm a bha an ceann latha air tighinn, air an dàrna latha dhen Dùbhlachd, bha còrr 's SIA CEUD pìos bàrdachd againn bho chòrr 's CEITHIR CHEUD bàrd! Bha e mìorbhaileach, agus dìreach mar a bha sinn a' miannachadh bho thùs, bha deagh sgrìobhadh againn air iomadach cuspair. Feumaidh mi ràdh, gur e clann na bun-sgoil bu mhotha a thug tlachd dhomh fhèin.

Seall air na h-àireamhan. A-mach às an t-sia cheud dàn a fhuair sinn, thàinig a' mhòr, mhòr chuid...còrr 's trì cheud bho chlann na bun-sgoile... agus tha mac-meanmain ann an cuid dhiubh a tha smaoineachail.

Tha sin a' fàgail obair mhòr aig na britheamhan againn... Aonghas Phàdraig Caimbeul, Joina NicDhòmhnaill, agus Dòmhnall Iain Macleòid. Tha an obair aig Dòmhnall Iain air a bhith nas motha buileach, agus e air a bhith a' leughadh nan dàn na leabaidh san ospadal, far an robh e fad sheachdainean às dèidh dha a dhruim a leòn ann an tubaist trèana ron Nollaig. Taing mhòr dha airson sin.

'S iad na britheamhan ma-thà, a dh'fhàg mi a' riasladh leis a' photocopier. Bha agam ri leth-bhreac a dhèanamh dhaibh uile dhan h-uile dàn...agus cuid eile a bharrachd. Aig an àm, bha mi a' smaoineachadh: "Obair gun tlachd a th' anns a' photocopying", agus chan eil mi air m' inntinn atharrachadh air a' chùis. 'S dòcha gum bi, ged-tà, air a' chòigeamh latha fichead dhen mhìos. Sin Latha Burns, nuair a dh'fhoillsicheas sinn air Radio nan Gàidheal cò a th' air na duaisean a ghleidheadh. Bidh mi fhèin an sàs a-rithist air prògram sònraichte aig leth-uair às dèidh còig an oidhche sin, far am faigh sinn a-mach. 'S dòcha gun atharraich mi m' inntinn an uairsin, 's gun coimhead mi air ais air latha a' photocopier le tlachd agus taingealachd. Carson...? Uill, co aig a tha fios, ma dh'fhaoidte gum bi sinn air cuid de sheudan falaichte na Gàidhlig a thoirt am bàrr, 's a chur air ghleans.

Iain Mac IllEathain.

A' cumail rian ann an Lunnasaigh — am PC Alasdair Stiùbhairt. Obh, obh.

"Ello, ello, ello — dè tha dol an seo? "

Air Diardaoin 26mh Am Faoilleach air BBC2 Alba tha prògram comadaidh ùr a' tighinn thugaibh! Leis cho soirbheachail 's a bha sgeidsichean PC Alasdair Stiùbhairt anns a' chomadaidh Air Ais Air An Ran Dan, tha e air sreath ùr comadaidh fhaighinn dha fhèin, a' toirt sùil air beatha poileasmain anns na h-eileanan.

Tha cruth nam prògraman mar, mar a chanas iad, "mockumentary"; mar sin tha fear camara 's fuaim còmhla ri PC Alasdair fad an t-siubhail, a' glacadh gach mèirleach, mì-mhodh 's fealla-dhà air camara. Eadar còmhlan ciùil a' goid guga gu caoraich air an toirt air falbh le "aliens", chan eil beatha poileasmain air Eilein Lunnasaigh furasta.

Chaidh an t-sreath a sgrìobhadh le Robbie Fraser agus Daibhaidh Walker — cuideachd 's e Robbie a bha na Stiùiriche agus a chluich Daibhidh, pàirt PC Alasdair. Chì sibh cluicheadairean mar Dolina NicIllFhinnein, Sim MacCoinnich, Ceit Kearney, Marissa Dhòmhnallach, Derek "Pluto" Moireach, 's fiù 's Andy Cameron a' gabhail pàirt anns na prògraman!

PC Alasdair Stiùbhairt

Tha PC Alasdair Stiùbhart air gluasad air falbh bhon chomadaidh àbhaisteach a bhios a' cleachdadh sgeidsichean, le cruth 's cuspairean ùra nach fhaca ron seo ann am prògram comadaidh Gàidhlig.

Feuch gun còrd e ribh!

Co-fharpais spòrs air leth soirbheachail

Bha luchd-taic spòrs bho air feadh na Gàidhealtachd airson gun cunntadh an guth acasan anns a' cho-fharpais, Soirbheachas ann an Spors 2005 le BBC Radio Nan Gàidheal agus thairis air naoi lath' san Dùbhlachd bhòt fichead mìle, naoi ceud 's a h-aon deug. Bha gach farpaiseach airidh air an duais leis cho math 's a rinn iad thairis air 2005 ach an dèidh dha na bhòtaichean a bhith air an cunntadh b' e Sgioba nan Lochan a ghlèidh an duais.

Anndra Flintoff, Anndra Moireach agus Ellen NicArtair — cuid de na h-ainmean as motha ann an saoghal spòrs ann an 2005. Ach, tha gu leòr luchd-spòrs agus sgiobaidhean eile aig ìre coimhearsnachd a tha air a bhith a' toirt tlachd agus adhbhar-còmhraidh dha daoine agus a tha a' cosnadh cliù dhaibh fhèin anns an spòrs anns a bheil iad an sàs. Sin a bh' air cùlaibh a' chiad sgèith a bhith dha thoirt seachad le BBC Radio Nan Gàidheal airson soirbheachas ann an spòrs 2005.

Tro bhith bruidhinn ri daoine ann an diofar choimhearsnachdan, lorg sinn luchd-spòrs a choisinn cliù dhaibh fhèin air a' bhliadhna chaidh seachad agus 's iad Alasdair Dunlop, neach-ruith à Leòdhas, Gary Innes, sgiobair air sgioba camanachd a' Ghearasdain, Iain MacCorcadail, neach-ruith à Uibhist a Tuath agus sgioba ball-coise na Lochan.

Tha Alasdair Dunlop air a bhith a' ruith airson iomadach bliadhna agus tha e air tiotalan a bhuannachadh aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Bhuannaich e an tiotal airson 800 agus 1500m aig Masters Alba air a' bhliadhna a chaidh seachad agus cuideachd tiotal an t-saoghail airson fir thairis air 50 ann an San Sebastian san Iuchar.

Mar sgiobair sgioba Camanachd a' Ghearasdain, ghleidh Gary Innes Cupa na Camanachd ann an 2005. A bharrachd air an sin bha e mar phàirt de sgioba Alba a rinn a' chùis air Èirinn anns an Dàmhair.

Airson a' chiad turas chuir na h-eileanan Siar sgioba de luchd-spòrs gu Geamannan Eileanan na Cruinne ann an Sealtainn agus thug Iain MacCorcadail trì buinn umha dhachaigh leis airson nam 1500m agus airson 4x100m agus 4x400m. Tha e cuideachd a' riochdachadh Alba fo aois 23.

Bhuannaich sgioba ball-coise nan Lochan còig cupanan — na measg Cupa Amateurach na Gàidhealtachd agus na lìog. Den dà fhichead 's a trì gèam a chluich iad thairis air an t-sèasan cha do chaill iad ach trì.

Dh'inns aon de luchd-taic gach farpaiseach carson a bu chòir dha daoine bhòtadh airson an taghadh acasan. A bharrachd air an t-soirbheachais a bha luchd-spòrs air cosnadh ann an 2005, bha an luchd-taic a' smaoineachadh gu robh adhbharan eile ann cuideachd bhòtadh dhaibh. Mhòl Iain Gòrdan Dòmhnallach Alasdair Dunlop airson mar a bha e a' brosnachadh na h-òigridh airson pàirt a ghabhail ann an spòrs. Bha Uisdean MacGill'innein den bheachd gur e deagh eisimpleir a bh' ann an Gary Innes air agus far na pàirce. Tha Iain MacCorcadail anns an oilthigh ann an Glaschu ach tha e fhathast a' sealltainn ùidh mhòr anns an fheadhainn òg eile à Uibhist a Tuath a bhios a' ruith agus bidh e gan cuideachadh nuair a bhios e dol dhachaigh. A rèir Thormoid MhicLeòid tha seo a' toirt misneachd mhòr dhan òigridh. Bu chòir do sgioba ball-coise nan Lochan a bhith pròiseil mu dheidhinn an dòigh anns a bheil iad gan giùlain fhèin, gun mhì-mhodh sam bith agus tha Donnchadh MacLeòid den bheachd gu bheil seo ga dhèanamh nas tlachdmhoire buileach a bhith gan coimhead.

Gur math a rinn na farpaisich gu lèir agus tha mi an dòchas gum bi 2006 a cheart cho soirbheachail dhaibh uile ged a bhiodh e math nan dèanadh sgioba ball-coise Nis math cuideachd!

Sgioba ball-coise na Lochan, a fhuair an duais



Comhairle nan Eilean Siar

Ionad ùr airson rian an sgudail

Tha mi an dùil gu bheil sibhse a bhios a' siubhal air Rathad nan Loch ann an Leòdhas air mothachadh dhan togalach mòr, uaine a th' air a dhol suas gu math luath aig Pàirce Gnìomhachais na Grìde. Air an oidhche tha an togalach seo a' lasadh mòinteach Airnis ann an dòigh nach fhacas a-riamh roimhe. Abair gum biodh an ginealach de mhuinntir an eilein a bha cleachdte ri bhith a' coiseachd air ais 's air adhart air an dearbh mhòintich a bha sin air iongnadh a ghabhail dhen t-sealladh iongantach a tha seo.

Anns a' Mhàrt 2005 bhuannaich an companaidh Earth Tech cùmhnant bho Chomhairle nan Eilean Siar gus dà ghoireas rianachd-sgudail a dhealbhadh agus a thogail. Tha am prìomh ghoireas dìreach air iomall baile Steòrnabhaigh agus thèid an dàrna togalach suas ann am Beinn na Faoghla. Bidh na goireasan ùra a tha seo mar bhun-stèidh don t-seirbheis a tha a' chomhairle a' toirt dhuinn a thaobh rianachd-sgudail agus bidh seo a' ciallachadh gu bheil a' chomhairle air na molaidhean aig an Riaghaltas a thaobh ath-chuairteachadh a choileanadh. Tha e cuideachd a' ciallachadh gu faod na h-Eileanan Siar am pàirt a ghabhail ann a bhith a' cuideachadh Alba gus na molaidhean aig an European Landfill Directive a choileanadh.

Nuair a tha sgudal a' tighinn a-steach dhan ghoireas a tha seo, sa chiad dol a-mach tha stuth meatailt air a thoirt air falbh agus tha na tha air fhàgail a' dol tro innealan a nì todhar dheth. Faodaidh an stuth a tha seo a bhith air a chleachdadh ann an iomadach cruth ann an iomadach àite.

Seo a' chiad ghoireas rianachd-sgudail ann am Breatainn dhe sheòrsa. 'S e "anaerobic digestion" an rud a bhios a' tachairt dhan stuth. Tha seo a' ciallachadh gu bheil an goireas seo a' leigeil leis an stuth organic grodadh ann an àite sònraichte far nach eil oxygen sam bith mun cuairt. Tha seo a' cruthachadh meatan. Cruthachaidh am biogas a tha seo suas gu 2 mhillean kWh de chumhachd dealain. Faodaidh seo a bhith air a reic ris an lìonradh ionadail, agus faodaidh an todhar a tha cuideachd air a chruthachadh a bhith gu feum ann an iomadach dòigh anns a' choimhearsnachd. Mar sin, bhon Mhàrt 2005 thèid stuth bho na cidsinean agus na gàrraidhean aig muinntir nan Eilean Siar a chruinneachadh air leth bhon sgudal àbhaisteach eile agus thèid e chun a' ghoireis a tha seo.

Ma tha daoine airson barrachd fhaighinn a-mach mun iomairt ùir iongantaich a tha seo tha làrach-lìn ann far a bheil tuilleadh fiosrachaidh aig www.cne-siar.gov.uk/recycling. No faodaidh tu fòn a chur gu Waste Aware Helpline aig a' Chomairle air 01851 70 9900. No carson nach gabh sibh cuairt a-mach Rathad nan Loch gus an togalach a tha seo fhaicinn!

Mar a bhios an togalach ùr a' coimhead nuair a bhios e deiseil

Comhairle nan Eilean Siar

Ionad Chaluim Chille Ìle

Cùrsaichean Geamhraidh

Gaelic Winter Courses

16-27 Faoilteach 16 - 27 January	Eadar-ìre Intermediate
6-17 Gearran 6 - 17 February	Adhartach Upper Intermediate/Advanced
27 Gearran - 3 Màrt 27 Feb - 3 March	Luchd-tòiseachaidh Beginners

Neach-oideachaidh / Tutor: Mairead Mackechnie
Prìs / Course fees: £100 per week (£70 residents of Islay & Jura).
Individual Learning Accounts accepted.
Emphasis will be on speaking, and some instruction will be delivered through the medium of Gaelic.

Airson barrachd fiosrachaidh cuiribh fios gu:
Ionad Chaluim Chille Ìle, Gartnatra, Bogh-Mòr, Ìle, PA43 7LN
Fòn: 01496 810 818 info@iccile.co.uk

Fhuair na cùrsaichean seo taic bho Cho-Roinn Ghàidhlig Ìle, Dhiùra agus Cholbhasa

An Gàidheal Ùr

THA AN GAIDHEAL UR A' GABHAIL SHANASAN MU CHOMPANAIDHEAN, SHEIRBHISEAN NO THACHARTASAN

Cuiribh fón thugainn an-diugh!
01851 703487

An Gàidheal Ur
Ordugh Postachd

Ainm .....
Sòladh.....
.....
.....

Breatainn	£13.00 ❑
An Roinn-Eòrpa post-adhair	£15.00 ❑
Zone 1 post-adhair	£20.00 ❑
Zone 2 post-adhair	£26.00 ❑

Deànaibh seicean a-mach gu ***An Gàidheal Ur*** mas e ur toil e.

Ainm Sgrìobhte.....

Tillibh seo gu: **An Gàidheal Ur, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD**

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG,

Stèidhichte ann a Steòrnabhagh, tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' pàigheadh airson 65% de na pròraman ùra Gàidhlig a tha air an craoladh air telebhisean an Alba. Tha iad air còrr is da mhìle uair a thìde de phròraman a mhaoineachadh gu ruige seo air na sianalan analog. Ach is e am prìomh cheann-uidhe a-nise sianal digiteach a chruthachadh a shàsaicheas feum is miann coimhearsnachd na Gàidhlig agus an luchd-amhairc san fharsaingeachd.

CRAOLADH IS CONALTRADH - COTHROM NA CÒRACH

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG
Taigh Shìphoirt Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh Eilean Leòdhais HS1 2SD

Fòn: 01851 705550 Facs: 01851 706432
Posta-dealain: fios@gms.org.uk Làrach-Lìn: www.gms.org.uk